

# An Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan gu 31 Màrt 2022

# Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phrìobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair.

Tha na puirt-adhair againn suidhichte ann am: Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Stromness, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tìriodh agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Tha sinn ag obair le ar com-pàirtichean agus luchd-ùidh, agus tha sinn dealasach a thaobh taic dhan dleastanas shòiseo-eaconomach aig còmh-dhail-adhair ann an Alba ann a bhith a' cumail suas is a' leasachadh ar puirt-adhair agus na seirbheisean agus ceangalan deatamach a tha iad a' toirt do chuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche nar dùthaich.



## Clàr-innse

Ar Luachan	1	Aithris air Teachd a-steach na Buidhne	38
Ro-ràdh bhon Chathraiche	2	Aithris na Buidhne air Teachd a-steach Iomlan	38
Aithris a' Mhanaidseir-stiùiridh	4	Aithris na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan	39
Aithisg Ro-innleachdail	6	Aithris na Buidhne air Atharrachaidhean ann an Cothromas	40
Achd nan Aonaidhean Ciùird 2016: Aithris air Ùine airson Dleastanasan Aonaidhean-ciùird	18	Aithris na Companaidh air Atharrachaidhean ann an Cothromas	40
Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE)	19	Duilleag Cothromachaidh na Buidhne	41
Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon	20	Duilleag Cothromachaidh na Companaidh	42
Aithris Gèillidh	25	Aithris air Sruth-airgid na Buidhne	43
Lorg Carboin	26	Aithris air Sruth-airgid na Buidhne	44
Aithisg nan Stiùirichean	27	Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail	45
Aithris air Riaghladh	28	Fiosrachadh Corporra	77
Aithisg air uallaichean nan stiùirichean	33		
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	34		

# Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' toirt cumadh air ar cultar agus tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheas san ùine fhada.



Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/ sna sgìlean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fèin-ùidh.



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan chàch.



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh san àm ri teachd, cha bhì sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ìre as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.



# Ro-ràdh bhon Chathraiche



Fàilte gu Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan HIAL airson 2021-21.

Bha mi air leth toilichte a bhith air m' ath-fhastadh mar Chathraiche air Bòrd HIAL agus leanaidh mi san dreuchd sin gu deireadh an Fhaoillich 2025. Tha e na urram a bhith ann an dreuchd air Bòrd a tha a' stiùireadh riaghladh phuirt-adhair a bhios a' cur an comas seirbheisean adhair riatanach agus ceanglaichean do na coimhearsnachdan a bhios e a' frithealadh.

Chunnaic sinn beagan atharrachaidhean air Bòrd HIAL na bu thràithe am-bliadhna, nuair a chuir sinn fàilte air Lynne Clow, a chaidh fhastadh airson a' chiad teirm aice fad trì bliadhna chun a' Mhàirt 2025. Tha Lynne na h-oifigear aig àrd-ìre le eòlas farsaing air HR, ag obair le aonaidhean-ciùird agus comhairlean obrach, anns an RA agus air feadh na cruinne. Tha ceanglaichean teaghlaich aig Lynne anns sna h-Eileanan Siar agus air a' Ghàidhealtachd, agus cuiridh an t-eòlas is na sgilean aice ris a' bhallrachd a th' againn aig an àm seo agus cuiridh i gu mòr ri stiùireadh ro-innleachdail HIAL san àm ri teachd.



# Ro-ràdh bhon Chathraiche

Tha Lynne a' dol an àite Jim McLaughlin, stiùiriche neo-ghnìomhach fad-ùine air a' Bhòrd le eòlas agus sgilean farsaing, a leig dheth a dhreuchd aig deireadh a' Ghearrain 2022. Gabhaidh mi an cothrom seo gus mo thaing a chlàradh do Sheumas airson na rinn e agus airson na deagh bhuaidh a thug e mar bhall den bhòrd thar nam bliadhnaichean.

A' coimhead air ais air na 12 mìosan gu 31 Màrt 2022, bha measgachadh ann gach cuid de dhòchas agus de dhùbhlann dhan bhuidhinn leis gun deach riaghailtean Covid agus cuingealachaidhean a bha a' riaghaladh na dùthcha cho fada a thogail. Thug seo cothrom do HIAL fòcas ùr a chur air na planaichean ro-innleachdail aige agus gus a dhol air ais gu bhith a' toirt seachad seirbheisean puirt-adhair gnìomhachas àbhaisteach gu math luath. Ach, cha deach am bhioras air falbh, agus lean buaidh fad-ùine nan cuingealachaidhean air ar co-obraichean agus air misneachd luchd-siubhail, a' toirt buaidh mhòr air ar com-pàirtichean ann an companaidhean-adhair agus seirbheisean adhair.

Bheir ath-bheothachadh beagan ùine agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh nas urrainn dhuinn gus taic a thoirt do ar cliantan agus ar com-pàirtichean agus sinn ag obair còmhla gus misneachd a thogail ann an siubhal adhair a-rithist. Bu mhath leam taing a thoirt dhaibh uile airson am foighidinn agus an taic leantainneach agus sinn a' cumail oirnn ag ath-slànachadh còmhla.

Rè cuingealachaidhean Covid ghabh am Bòrd ris an teicneòlas a leig leotha cumail orra coinneachadh gu cunbhalach. Ach, le bhith a' togail bhacaidhean siubhail, bha e comasach dhan Bhòrd faighinn a-mach do na puirt-adhair againn a-rithist agus gus coinneachadh ri ar co-obraichean agus prìomh luchd-ùidh air feadh na sgìre. Thug e cothrom cuideachd do na buill bìurid as ùire againn, a thàinig còmhla rinn dìreach nuair a thòisich an galar lèir-sgaoilte, gnìomhachd taobh an fhearainn agus taobh an adhair fhaicinn aig na puirt-adhair againn.

Bha na buill air leth toilichte leis an obair-sgioba agus dealas follaiseach aig ar co-obraichean gus seirbheis a libhrigeadh den chàileachd as àirde. Bha iad gu sònraichte a' cur luach air fios-air-ais agus taing ar co-obraichean air cho taiceil 's a bha HIAL mar fhastaiche tron ghalar lèir-sgaoilte.

Lean ar conaltradh le luchd-ùidh tron bhliadhna air fad le deagh fhios air ais bho na stiùirichean ionadail againn air a' phrògram fharsaing againn gus am fiosrachadh as ùire a chumail riutha. Gu dearbh, chaidh HIAL ainmeachadh mar eisimpleir den chleachdadh as fheàrr a thaobh seo. Tha na tachartasan conaltradh ionadail againn às dèidh choinneamhan Bùird air a bhith air leth buannachdail le rannsachadh ga dhèanamh air grunn chothroman aig diofar phuirt-adhair an-dràsta mar thoradh dìreach air conaltradh den leithid.

Tron bhliadhna chuir sinn ris a' chom-pàirteachadh phoileataigeach cunbhalach againn aig ìre ionadail is nàiseanta le dèan phrògram dàimhean poblach. A-rithist, tha am prògram seo air a bhith air leth cruthachail, agus leanaidh sinn air adhart leis a' cho-obrachadh sin san àm ri teachd.

Tron bhliadhna, rinn am Bòrd sgrùdadh gnìomhach air adhartas nan gnìomhan taobh a-staigh a' Phlana Obrachaidh Chorporra a tha ag amas air prìomhachasan ro-innleachdail HIAL a libhrigeadh. Bha e na thoileachas a thoirt fa-near gun deach 15 de na 26 cinn-uidhe a chaidh a shuidheachadh a chrìochnachadh ann am bliadhna nuair a bha sinn fhathast ag ath-bheothachadh.

Tha còig amasan a tha a' dol a-steach gu 2022/23 fhathast a rèir targaid. Bha sia cinn-uidhe air dheireadh air an targaid aca aig deireadh na bliadhna ach tha iad fhathast gan cur an gnìomh leis a' Bhòrd a' faighinn ùrachaidhean cunbhalach air adhartas.

Is e coileanadh cudromach a th' ann 77% de na h-amasan a bhith crìochnaichte no fhathast air targaid a dh'aindeoin nan dùbhlann a bha agus a tha romhainn. Bu mhath leam taing a thoirt do ar co-obraichean, leis gu bheil a h-uile duine air cur ri libhrigeadh a' Phlana Gnìomh againn, co-dhiù tha e air an loidhne aghaidh sna puirt-adhair againn, no ann an gnìomhan taice sa Phrìomh Oifis againn. Tha sinn air geàrr-chunntas air na choilean sinn fhòillseachadh nas fhaide air adhart san aithisg seo.

Ged a tha mi air meòrachadh air a' bhliadhna gu 31 Màrt 2022, bu mhath leam cuideam a chur air na dùbhlann a tha romhainn a-nis agus sinn a' tòiseachadh air an turas againn tro 2022 gu 2023. Agus sinn fhathast ag ath-bheòthachadh bho bhuaidhean a' ghalair lèir-sgaoilte, tha an suidheachadh fiosgail as dùbhlanaiche ann an deicheadan mu choinneimh na dùthcha. Tha Lèirmheas Caitheamh Ghoireasan Riaghaltas na h-Alba, a chaidh fhòillseachadh air 31 Cèitean 2022, a' mineachadh nan crìochan àrd-ìre airson caitheamh ghoireasan airson buidseatan Albannach san àm ri teachd suas gu 2026-27. Tha na buidseatan taisbeanach seo a' sealltainn lùghdachadh san airgead a tha ri fhaotainn do HIAL thairis air an ath thri no ceithir bliadhna agus tha iad nan dùbhlann maoiniachaidh mòr dhan chompanaidh san àm ri teachd. Tha an cuideam a tha seo a' cur air a' chompanaidh air a dhèanamh nas miosa le àrdachadh atmhorachd agus dùbhlain bho phrìsean a tha ag èirigh.

Coltach ris a h-uile buidheann eile, feumaidh HIAL feuchainn ris an teachd a-steach as fheàrr a chosnadh, prìomhachasan agus roghainnean cosgais ath-mheasadh, agus co-dhùnaidhean dùbhlanaich a dhèanamh stèidhichte air na suidheachaidhean gun samhail a tha romhainn uile, leis gu bheil cuideaman eaconamach a' toirt buaidh air ar gnìomhachd làitheil agus ar planaichean san àm ri teachd. Tha am Bòrd a' beachdachadh an-dràsta air grunn roghainnean gus dèiligeadh ris an t-suidheachadh fiosgail a th' ann an-dràsta agus tha iad air co-dhùnadh gur e tè de na roghainnean planaichean ùrachadh trafaig adhair a lùghdachadh fhad 's a bhios an sgrùdadh air caiteachas ro-innleachdail a' dol air adhart. Agus sinn a' gluasad tro 2022/23 obraichidh am Bòrd leis an sgioba-stiùiridh gus barrachd ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phlana ro-innleachdail agus air na cinn-uidhe againn. Bidh seo ann an co-theacsa nan cuideaman a th' oirnn bhon taobh a-muigh a tha mur coinneamh – agus a bhios fad ùine.

Thug mi taing do na custamaieran againn airson an cuid taic, agus do na co-obraichean againn airson na h-obair iongantach a rinn iad am-bliadhna. Mar sin, san dealachadh, bheir mi taic do na Buill bìurid againn cuideachd airson an cuid dealais agus taic aig an àm dhùbhlanaich seo. Tha tòrr againn ri dhèanamh fhathast ach chan eil sin cho eagallach nuair a tha an obair air a roinn am measg buidheann de dhaoine comasach agus dicheallach.



*Lorna Jack*

**Lorna Jack**  
**Cathraiche HIAL**

# Aithris a' Mhanaidseir-stiùiridh

A' coimhead air ais, san fharsaingeachd b' e bliadhna na b' fheàrr a bh' ann an 2021/22, le riaghailtean agus cuingealachaidhean Covid air feadh na dùthcha air an toirt air falbh, agus an àireamh de chùisean Covid a' dol sìos. Ach a dh'aindeoin sin, chùm sinn oirnn le mòran de na ceumannan agus de na pròiseasan a thug sinn a-steach thairis air na puirt-adhair agus na togalaichean againn aig toiseach a' ghalair lèir-sgaoilte, leis na ceumannan glanaidh a bharrachd agus na pròiseasan glanaidh a-nis mar phàirt den obair làitheil againn.

A dh'aindeoin nan comharran tràtha de dh'ath-shlànachadh, bha dùbhlain às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte fhathast a' toirt buaidh air na com-pàirtichean companaidh-adhair againn, ag adhbharachadh ùpraid do luchd-siubhail, dàil air seirbheisean adhair clàraichte agus seirbheisean-adhair air an cur dheth.

# Aithris a' Mhanaidseir-stiùiridh

A dh'aindeoin seo, lean am fàs ann am misneachd an luchd-siubhail. Tha na figearan deireannach againn airson 2021/22 ag aithris gun robh beagan a bharrachd air millean neach-siubhail thar nan 11 puirt-adhair againn. Tha seo na àrdachadh mòr de 162% an taca ri àireamhan luchd-siubhail airson na bliadhna roimhe, nuair a bha a' bhuidheann a bu mhiosa aig a' ghalair lèir-sgaoilte.

Stèidhichte air a' bhuidheann uamhasach a bha aig Covid-19 air àireamhan luchd-siubhail ann an 2020/21, shuidhich sinn targaid buidseit faiceallach de bhith a' ruighinn 25% de dh'ìrean luchd-siubhail ro-Chovid mar bhuidheann puirt-adhair ro 31 Màrt 2022. Tha mi toilichte aithris gun do chuir sgaoileadh na banachdaich agus cleachdadh làidir ri àireamhan luchd-siubhail a bha nas àirde na bha dùil, agus ràinig sinn 61% de dh'ìrean 2019/20 aig deireadh na bliadhna aithris.

Chaidh fàilte mhòr a chur air tabhartas maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba agus Dleastanas Seirbheisean Poblach (PSO) a thoirt a-steach airson seirbheisean adhair clàraichte a thoirt air ais do Phort-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt. Dh'obraich sinn ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, a stiùir am pròiseas, com-pàirtichean sna companaidhean-adhair agus a' choimhearsnachd ionadail gus cuideachadh le bhith a' toirt a-steach clàr-ama a bhios a rèir feumalachdan ionadail, agus chaidh na ciad seirbheisean PSO eadar Inbhir Ùige agus Obar Dheathain air 11 Giblean 2022.

Tron bhliadhna, fhuair HIAL subsadaidh poblach de £76,001,000 a' gabhail a-steach maoineachadh teachd-a-steach de £39,803,000 agus maoineachadh calpa de £36,198,000 agus le maoineachadh iasaid de £1,347,000 a bharrachd airson nan gnòthaichean coimeirsealta againn.

Tron 2021/22, libhrig sinn prògram calpa mòr gus am bun-structar againn a chumail suas agus gus tasgadh sna puirt-adhair agus sinn ag ullachadh airson tilleadh gu seirbheisean àbhaisteach.

Chaidh an tasgadh calpa de £36 millean a sgaoileadh thairis air 11 puirt-adhair agus Prìomh Oifis HIAL agus bha e a' gabhail a-steach pròiseactan bho phrìomh phròiseactan ath-chòmhdach raointean-laighe gu toirt a-steach siostaman ùra gus taic a thoirt do ar gnìomhan Ionmhais, Goireasan Daonna agus obrachaidh. Tha prìomh naidheachdan mu chuid de na pròiseactan calpa a chaidh a libhrigeadh rim faicinn nas fhaide air adhart san aithris seo.

Tha sinn a' leantainn air adhart a' dèanamh adhartas gus ar gnìomhachd agus ar bun-structar puirt-adhair a dhi-charbonachadh. Tron bhliadhna, chuir sinn crìoch air a' phrògram gus solais lùth-èifeachdach a chur a-steach anns na puirt-adhair againn uile. Tha na planaichean againn gus uidheamachd taobh-adhair fhaighinn nach bi a' cleachdadh dìosail a' dol air adhart gu mòr. Tha sinn a' toirt a-steach aonadan teàirrsidh cumhachd measgaichte air an talamh gus taic a thoirt do lùghdachadh carboin agus gus eimiseanan piob-traogaidh a leasachadh, agus thèid iad sin a thoirt air màl do na riochdairean làimhseachaidh talmhainn againn.

Tha na rampaichean-bòrdaidh a tha a' cleachdadh cumhachd na grèine a tha gan cleachdadh aig na puirt-adhair againn a-nis a' toirt seachad fuasgladh a tha math dhan àrainneachd gus luchd-siubhail a chuideachadh air agus far itealain aig na puirt-adhair gu lèir aig HIAL.

Chaidh solais talmhainn le cumhachd na grèine a stàladh ann am Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain am-bliadhna - seo a' chiad turas a tha HIAL air seo a dhèanamh. Tha iad sin air a bhith èifeachdach agus bidh sinn a' stàladh an aon shiostam solais ann an Tìriodh nas fhaide air adhart am-bliadhna.

Thàinig a' chiad ìre den phrògram Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhach (SATE) air an tug mi iomradh ann an aithris bhliadhnail na bliadhna an-uiridh a chriochnachadh gu soirbheachail. Bha Ìre 1 a' gabhail a-steach tursan-adhair a' taisbeanadh teicneòlas itealain seasmhach ùr-ghnàthach, a chomharraich buannachdan dha-riribh do choimhearsnachdan iomallach. Agus am measg dhiubh sin, tha na deuchainnean dròn mòra gus post a libhrigeadh do choimhearsnachdan iomallach a rinn Windracers agus am Post Rìoghail, a thug air a' Phost Rìoghail sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh an teicneòlais seo aig ìre mòran nas fharsainghe. Tha iad am beachd 50 slighe ùr a thoirt a-steach thairis air an ath chòig bliadhna agus gheibh a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan buannachd gu dìreach.

A' coimhead air adhart gu 2022/23, thug UKRI £8.9m seachad mar phàirt de cho-fharpais Dùbhlain Seirbheisean-adhair san àm ri Teachd airson an ath cheum de leasachadh SATE. Bheir seo comas dhan phròiseact a mhiann a leudachadh gu bhith na Ionad Sàr-mhathais airson Seirbheisean-adhair Roinneil Seasmhach na RA.

Ged a tha goireasan SATE stèidhichte aig Port-adhair Kirkwall, tha Ìre 2 den phrògram a' gabhail a-steach planaichean airson obrachadh le coimhearsnachdan eile air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus bidh an teicneòlas ùr a' freagairt air cùisean cleachdaidh practaigeach gus buannachd a thoirt do choimhearsnachdan san sgìre.

Ged a chaidh cùisean air ais dhan àbhaist gu ìre, thug 2022 dùbhlain ionmhasail mòra dhuinn oir bha sinn a' tighinn fo chosgais a' ghalair lèir-sgaoilte Covid, atmhorachd ag èirigh agus cosgaisean a' sìor fhàs air feadh na cruinne, a' toirt buaidh air gach taobh den ghnìomhachas againn.

Thug ar Cathraiche iomradh air na h-amannan dùbhlanaich a tha romhainn, agus ann an 2022/23 nì sinn ath-mheasadh ar prìomhachasan ro-innleachdail agus air na planaichean obrachaidh againn gus cuideachadh le bhith dèiligeadh ris na cuingealachaidhean fiosgail a th' ann an-dràsta.

Ann an amannan mì-chinnteach, 's e an aon rud seasmhach dealas agus proifeiseantachd nan sgiobaidhean againn air feadh na Companaidh agus tro na com-pàirtichean sna companaidhean-adhair a nì cinnteach gum bi na coimhearsnachdan anns a' phàirt iomallaich seo de dh'Alba fhathast ceangailte. Tha mi fhathast taingeil dhaibh uile.

Mar sgioba, cumaidh HIAL air ag obair ann an com-pàirteachas le Còmhdhail Alba, na companaidhean-adhair agus coimhearsnachdan ionadail gus dèanamh cinnteach gum bi ceanglaichean adhair airson na Gàidhealtachd is nan Eilean seasmhach san fhad-ùine.



**Inglis Lyon**  
**Manaidsear-stiùiridh, HIAL**



# Aithisg Ro-innleachdail

Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-Aithisg Ro-innleachdail aca agus aithrisean ionmhais na Buidhne airson na bliadhna gu 31 Màrt 2022.

## Priomh Obair

B' e prìomh ghnìomhachd na Buidhne tron bhliadhna a bhith a' solarachadh agus a' ruith puirt-adhair sàbhailte, tèarainte agus èifeachdach a bhios a' cumail taic ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Bha seo a' gabhail a bhith a' cumail suas ceumannan agus modhan lasachaidh Covid-19 gus dèanamh cinnteach gun robh luchd-obrach, luchd-ceannach agus luchd-siubhail sàbhailte is sunndach, nuair a bhathar a' lasachadh nan cuingealachaidhean a chur air sgaileadh a' bhiorais.

## Toraidhean agus duaisean-earrainn

Mar chompanaidh a tha air a mhaoinachadh leis a' phoball, tha HIAL gu math mothachail gum feum e a stòrasan a stiùireadh ann an dòigh chiallach is èifeachdach. Leis a' chuideam air buidseatan na roinne poblaich, tha seo na dhùbhlán mòr, gu sònraichte ann am mòran de na puirt-adhair as lugha, as iomallaiche againn, far a bheil àireamhan luchd-siubhail iosal agus cosgaisean stèidhichte fhathast an ìre mhath àrd.

Às dèidh chisean, bha call na companaidh pàrantaich bho obair leantainneach aig £1,108,000 (2021: prothaid £124,000). Mhol na stiùirichean nach rachadh duais-earrainn sam bith a phàigheadh.

## Ath-sgrùdadh air a' ghnìomhachas

Anns a' bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022, fhuaras subsadaidhean poblach de £76,001,000 (2021: £56,846,000) air a dhèanamh suas de theachd a-steach de £39,803,000 (2021: £36,600,000) agus calpa de £36,198,000 (2021: £20,246,000). Bha iasad maoinachadh calpa ann de £1,347,000 (2021: £1,248,000). £3,555,000.

Fhuair sinn £59,000 airson ullachaidhean fòrlaidh fo Sgeama Gleidhidh Obraichean a' Chorònbhiorais. Chaidh àireamhan luchd-siubhail thairis air a' Bhuidhinn suas le 162% agus chaidh gluasadan plèana suas 62%. Gun a bhith a' gabhail a-steach Port-adhair Dhùn Dè, tha an t-seachranachd seo air a dhol suas le 158% agus 52% an urra an taca ris a' bhliadhna roimhe sin.

	2019/20	2020/21	2021/22	Var 2019/20	Var 2020/21
	Àir.	Àir.	Àir.	%	%
Luchd-siubhail	1,682,245	392,682	1,028,466	-39	162
Gluasadan	130,388	65,685	106,295	-18	62



Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghòt



# Aithisg Ro-innleachdail

## Leasachaidhean san àm ri teachd

Tha na stiùirichean ag amas air dèanamh cinnteach gun cùm a' Bhuidheann orra a' ruith agus a' stiùireadh nan 11 port-adhair aca a rèir poileasaidh Ministreil na h-Alba agus a bhith a' cumail taic ri leas sòisealta is eaconamach nan sgìrean buntainneach.

## Prìomh Chunnartan agus mì-chinntean

Tha a' Bhuidheann air Buidheann Sgrùdaidh Cunnart a stèidheachadh a tha cunntachail do Bhòrd HIAL tron Chomataidh Sgrùdaidh. Tha uallach air a' mhanaidsear-stiùiridh, àrd-mhanaidsearan agus sreath-mhanaidsearan iomchaidh a bhith a' riaghladh riosgan taobh a-staigh na buidhne agus gus dèanamh cinnteach gun tèid modhan, goireasan agus sgilean iomchaidh a chur an sàs agus a chumail suas gus seo a dhèanamh. Tha na prìomh riosgan agus mì-chinntean a tha mu choinneamh na Buidhne air an cur còmhla ann am buidhnean farsaing mar ro-innleachdail, ionmhasail, gnothachas, reachdail agus obrachaidh.

- **Cunnartan Ro-innleachdail** Tha a' Chompanaidh a-nis air pròiseas nas foirmeile a stèidheachadh airson a bhith a' clàradh agus a' riaghladh chunnartan ro-innleachdail agus air am feumar mothachadh sònraichte a thoirt taobh a-staigh a' ghnìomhachais. Tha seo a-nis na chuspair leantainneach air a' chlàr airson sgrùdadh leis a' Bhòrd agus a' Chomataidh Sgrùdaidh.
- **Cunnartan Ionmhais** Tha grunn chunnartan ionmhasail mu choinneamh na Buidhne a tha air an sgrùdadh agus air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a' Bhòrd agus leis a' Chomataidh Sgrùdaidh. Leis gu bheil a' Bhuidheann an eisimeil airgead poblach gus a h-obair a chumail a' dol thar nan 11 phuir-adhair aice, tha i buailteach do dh'atharrachaidhean ann am maoinachadh poblach, a tha fo bhuidhnean suidheachadh na h-èaconamaidh san fharsaingeachd agus co-dhùnaidhean air an dèanamh aig ìre Riaghaltas na RA agus na h-Alba. Tha mì-chinnt ann mun ìre de mhaoineachadh teachd a-steach agus calpa às dèidh nan 12 mìosan ri thighinn. Tha buidheanan taisbeanach a' sealltainn lùghdachadh san airgead a tha ri fhaotainn do HIAL thairis air an ath thri no ceithir bliadhna agus tha iad nan dùbhlann maoinachaidh mòr dhan bhuidhinn san àm ri teachd. Bidh a' bhuidheann a' dèiligeadh ri cunnartan gum bi gainnead airgid ann le bhith a' cumail chùl-stòrasan agus goireasan bancaireachd iomchaidh agus a bhith a' cumail sùil fad an t-siubhail air ro-aithrisean air sruthan-airgid agus air na sruthan-airgid an da-rìribh.

- **Cunnartan gnothachais** Tha teachd a-steach na buidhne a' tighinn bho àireamh bheag de chompanaidhean adhair a tha nan custamairean. Dh'fhaodadh cuideam sam bith bhon taobh a-muigh air na custamairean sin toirt orra ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' chlàr-ama obrach aca agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air teachd-a-steach agus cosgaisean na Buidhne.
- **Cunnartan reachdail** Tha gnìomhan puirt-adhair air feadh na Buidhne air an riaghaladh le Roinn-ghnìomha na Slàinte is Sàbhailteachd, Ùghdarras Itealanachd Shìobhalta na RA (CAA), Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba agus tha inbhean tèarainteachd air an suidheachadh le Roinn na Còmhdhail agus air an sgrùdadh leis an CAA. Bidh na buidhnean ag ùrachadh nan inbhean agus riatanasan aca gu cunbhalach agus chan eil e coltach gun lùghdaich uallach nan riaghailtean.
- **Cunnartan Obrachaidh** Bidh a' bhuidheann a' dèiligeadh ri riosg obrachaidh tro a siosaman rianachd sàbhailteachd agus rianachd riosg. Tha ro-innleachd agus stiùireadh na Buidhne san fharsaingeachd air a dhèanamh le bòrd nan stiùirichean agus air fhiosrachadh le poileasaidh Riaghaltas na h-Alba.
- **Riosgan COVID** Tha Dùbhlann aig a' bhuidhinn a bhith a' cothromachadh an ath-bheothachaidh às dèidh Covid leis na gealltanasan àrainneachdail leantainneach againn. Tha a' bhuidheann leantainneach aig Covid-19 fhathast, ged a tha seo a' lùghdachadh, air a meas mar riosg agus air an sgrùdadh le Stiùirichean mar a chaidh a mhìneachadh anns an Aithris Riaghaidh air taobh-duilleig 28.



# Aithisg Ro-innleachdail

## Stadastaireachd trafaig bliadhnail


Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021

	Luchd-siubhail			Glusadan		
	2021/22	2020/21	Atharrachadh	2021/22	2020/21	Atharrachadh
	Àir.	Àir.	%	Àir.	Àir.	%
Barraigh	11,814	4,471	164.2%	1,253	816	53.6%
Beinn na Faoghla	28,152	15,155	85.8%	3,016	2,312	30.4%
Ceann Loch Chille Chiarain	4,767	2,232	113.6%	1,218	916	33.0%
Dùn Dè	25,828	4,751	443.6%	27,652	14,067	96.6%
Inbhir Nis	458,976	110,406	315.7%	28,520	15,740	81.2%
Ìle	17,365	5,239	231.5%	2,609	1,586	64.5%
Kirkwall	112,931	53,526	111.0%	11,887	8,736	36.1%
Steòrnabhagh	80,463	26,181	207.3%	7,604	4,877	55.9%
Sumburgh	275,618	162,553	69.6%	18,151	12,755	42.3%
Tioradh	10,057	4,333	132.1%	1,539	1,074	43.3%
Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt	2,495	3,835	(34.9%)	2,846	2,806	1.4%
<b>Iomlan</b>	<b>1,028,466</b>	<b>392,682</b>	<b>161.90%</b>	<b>106,295</b>	<b>65,685</b>	<b>61.08%</b>

## Stadastaireachd 10 bliadhna


### Luchd-siubhail iomlan

2021/22	1,028,466
2020/21	392,682
2019/20	1,682,245
2018/19	1,742,366
2017/18	1,780,521
2016/17	1,658,423
2015/16	1,437,625
2014/15	1,431,452
2013/14	1,367,342
2012/13	1,297,676



### Glusadan Phlèanaichean

2021/22	106,295
2020/21	65,685
2019/20	130,388
2018/19	134,094
2017/18	135,620
2016/17	129,110
2015/16	127,359
2014/15	124,738
2013/14	129,106
2012/13	127,645





# Aithisg Ro-innleachdail

## Amasan Ro-innleachdail HIAL

Chaidh Ro-innleachd agus Plana Ath-shlànachadh COVID-19 HIAL fhoillseachadh air 1 Gearran 2021. Tha seo a' mineachadh amasan agus prìomhachasan ro-na companaidh innleachdail a tha sinn air comharrachadh gus cuideachadh le bhith a' togail lionra puirt-adhair roinneil a tha neodrach a thaobh carbon, agus aig an aon àm a bhith a' cumail air a' toirt taic do shoirbheas eaconamach agus a' libhrigeadh bhuannachdan sòisealta do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Shuidhich Plana Obrachaidh Corporra HIAL na prìomh raointean airson libhrigeadh eadar 1 Giblean 2021 agus 31 Màrt 2022 gus na prìomhachasan ro-innleachdail aige a choileanadh:

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

Tha cuid de na gnìomhan anns a' phlana obrachaidh seo mòr ann an sgèile, agus mar sin dh'fhaodte gum bi iad air an libhrigeadh thairis air barrachd air aon bhliadhna ionmhais.

Chaidh aithisgean adhartais ullachadh aig deireadh gach ràithe den bhliadhna gus fiosrachadh mu choileanadh a thoirt seachad agus gus ar gnìomhachdan a stiùireadh gu h-èifeachdach tron bhliadhna aithris.

Chaidh sùil a chumail air na h-aithisgean adhartais ràitheil leis an Àrd-sgioba Stiùiridh gus am bi sgrùdadh coileanaidh èifeachdach agus planadh stiùiridh air a chur an comas. Chaidh na h-aithisgean a cho-roinn le Bòrd HIAL gus sealladh ro-innleachdail a cheadachadh air na prìomh raointean prìomhachais a bha iad air aontachadh airson na bliadhna.



# Aithisg Ro-innleachdail

## Na choilean sinn

Bha am Bòrd toilichte toirt fa-near aig deireadh 2021/22 gun deach 15 de na 26 cinn-uidhe a chrìochnachadh. Tha còig amasan a tha a' dol a-steach gu 2022/23 fhathast a rèir targaid. Ach, bha sia amasan air dheireadh air an targaid aca air 31 Màrt 2022.

Tha geàrr-chunntas air na tha sinn air libhrigeadh ann an 2021/22 gu h-ìosal.

Amas air a choileanadh

Amas air a choileanadh gu ìre



## Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Bun-structar a libhrigeadh airson na h-Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhaich ann an Arcaibh, a' gabhail a-steach a bhith a' togail hangar do phlèanaichean, ceanglaichean dealain agus leasachaidhean air ruigsinneachd uachdar. A' cuideachadh le bhith a' coileanadh targaid Riaghaltas na h-Alba gus sgìre adhair le cothromachadh-carboin a chruthachadh ro 2040.
- Chuir sinn a-staigh solasan lùth-èifeachdach anns gach port-adhair aig HIAL mar phàirt den phrògram againn gus obraichean agus bun-structar nam port-adhair a dhi-charbonachadh.

Nì sinn na leanas:

Deasaichidh sinn ro-innleachd àrainneachdail fharsaing do HIAL agus cruthaich mapa-rathaid gus ar n-amas a choileanadh gum bi sinn nar buidheann puirt-adhair roinneil a tha net-zero a thaobh carboin. Thèid seo a chur dhan Phlana Gnìomh Chorpóra againn airson 2022/23.

Cuiridh sinn a-steach uidheamachd a tha èifeachdach a thaobh na h-àrainneachd air taobh an adhair gus taic a chumail ri bhith a' lùghdachadh carbon agus gus sgaolidhean piob-traogaidh a lùghdachadh aig puirt-adhair HIAL.



## A' Libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Thug sinn piseach air na goireasan puirt-adhair againn airson luchd-siubhail is luchd-obrach às dèidh Covid-19 le bhith a' libhrigeadh farsaingeachd de sheirbheisean contactless. Nam measg tha puingeann fios-air-ais luchd-cleachdaidh aig a h-uile port-adhair agus leughadairean cairt-bòrdaidh fèin-obrachail. Sgrùdadh thiogaidean fèin-obrachail ann am bothan aig puirt-adhair Kirkwall, Steòrnabhaigh agus Sumburgh.
- Chrìochnaich sinn suirbhidhean Access Able airson nam port-adhair gu lèir againn agus tha sinn a' tairgse cùmhnant airson luchd-siubhail le so-ghluasadachd lùghdaichte aig an àm seo. Bheir sinn an cùmhnant seachad ann an 2022/23.

Nì sinn na leanas:

Cuiridh sinn a-steach sganadairean bodhaige tèarainteachd aig puirt-adhair Inbhir Nis agus Sumburgh agus cuiridh sinn a-steach geataichean sgana dealanach. Cumaidh sinn oirnn a' cur ri ruigsinneachd nan custamairean ann an com-pàirteachas le buidhnean ruigsinneachd.

An aire: Aig a' choinneimh aca air 24 Lùnastal 2022, rinn am Bòrd co-dhùnadh Fo-chomataidh Bòrd ATMS a thoirt gu crìch. Is e seo an gnìomh mu dheireadh bhon Bhòrd gus am prògram ATMS tùsail a dhùnadh às dèidh an atharrachaidh san t-slighe ro-innleachdail a chaidh aontachadh san Fhaoilleach 2022. Tha Lèirmheas Caiteachais Ghoireasan Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh sa Chèitean 2022 a' cur air adhart crìochan àrd-ìre airson caitheamh ghoireasan airson buidseatan Albannach san àm ri teachd suas gu 2026-27. Tha na buidseatan taisbeanach seo a' sealltainn lùghdachadh san airgead a tha ri fhaotainn do HIAL thairis air an ath trì no ceithir bliadhna agus tha iad nan dùbhlann maoineachaidh mòr dhan chompanaidh san àm ri teachd. Tha am Bòrd a' beachdachadh air grunn roghainnean gus dèiligeadh ris an t-suidheachadh fiosgail a th' ann an-dràsta agus tha e air co-dhùnadh gur e fear de na ceumannan a bhios ann planaichean ùrachadh trafaig adhair a lùghdachadh fhad 's a bhios an sgrùdadh air caiteachas ro-innleachdail a' dol air adhart.



# Aithisg Ro-innleachdail



## Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- Rannsachadh a dhèanamh air iarrtas an luchd-siubhail agus clàran-ama airson faighinn seachad air Covid-19, ag obair gu dlùth ri buidhnean com-pàirteachais agus fòraman gnìomhachais.
- Chruthaich sinn ro-innleachd leasachaidh slighe agus chuir sinn an gnìomh diofar mhodalaidhean taic ionmhais airson companaidhean-adhair airson ath-bheothachadh às dèidh Covid.
- Chaidh sinn seachad air an targaid againn a bhith a' ruighinn 25% de dh'irean luchd-siubhail ro-Covid agus de theachd-a-steach chompanaidhean-adhair ro dheireadh na bliadhna ionmhais. Bha àireamhan luchd-siubhail bho bliadhna gu bliadhna aig beagan a bharrachd air 60% de na h-irean ro-Covid 19 air 31 Màrt 2022.



## Fàs Ionmhasail Seasmhach

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- Libhrig sinn pròiseactan bun-structair cudromach aig puirt-adhair a' gabhail a-steach a bhith a' cur còmhach ùr air raon-laighe Cheann Loch Chille Chiarain, agus podaichean fuirich ann am Port-adhair Ìle. Tha sinn air tòiseachadh air obair bleith chladaich aig Port-adhair Steòrnabhaigh agus air pròiseact leasachaidh aig port-adhair Bharraigh
- Cho-thaobhaich sinn ar structar freagairt air an taobh a-staigh agus ar planaichean leantailchd ri buidhnean poblach eile gus èifeachdas agus comasachd a leasachadh.

**Ni sinn na leanas:**

Leanaidh sinn oirnn a' deasachadh agus a' cur an gnìomh planaichean ath-bheothachaidh teachd-a-steach airson nithean nach eil co-cheangailte ri seirbheisean adhair aig gach port-adhair, a' gabhail a-steach togalaichean agus cothroman reic aig puirt-adhair.

Cumaidh sinn oirnn a' cruthachadh planaichean coimeirsealta airson Roinn na Cumhachd agus airson na h-Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhaich gus sruthan teachd-a-steach ùra a chruthachadh.



## A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach

**Tha sinn air na leanas a dhèanamh:**

- Leasaich sinn làrach-lìn chorporra HIAL agus làraich-lìn a' phuirt-adhair gu lèir gus fiosrachadh a thaisbeanadh do na custamairean agus dhan luchd-ùidh againn, le turas an neach-cleachdaidh aig toiseach ghnòthaichean. Tha sinn air barantachadh fhaighinn airson Stiùireadh Ruigsinneachd Susbaint Lìn (WCAG) aig Ìre AAA airson na làraich-lìn seo.
- Chuir sinn a-steach siostaman didseatach gu soirbheachail gus pròiseasan gnìomhachais a dhèanamh nas simplidhe agus gus am bi cothrom nas fheàrr aig HR, Ionmhas agus Obraichean Puirt-adhair air dàta.

**Ni sinn na leanas:**

Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh anailisean gnìomhachais agus a' cruinneachadh dàta gus piseach a thoirt air èifeachdas, gus iomairtean a chuireadh agus gus cuideachadh le dèanamh cho-dhùnaidhean.

Cumaidh sinn oirnn a' toirt a-steach agus a' leasachadh teicneòlas tapaidh, leithid mothachairean didseatach agus innealan tomhais gus fiosrachadh bun-structair nas fheàrr fhaighinn gus an urrainn dhuinn na h-àrainneachdan obrachaidh aig na puirt-adhair a ruith nas fheàrr.

# Aithisg Ro-innleachdail



## A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- ✓ Chruthaich agus dh'fhoillsich sinn ro-innleachd Conaltraidh is Com-pàirteachaidh HIAL. Tha an sgrìobhainn ri fhaighinn an dà chuid ann am Beurla agus Gàidhlig. Thèid poileasaidhean agus pròiseasan stèidhichte air seo a chruthachadh tro 2022/23.
- ✓ Dh'obraich sinn ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, com-pàirtichean seirbheisean adhair agus leis a' choimhearsnachd ionadail gus cuideachadh gus Dleastanas Seirbheis Poblach (*Public Service Obligation* – PSO) a thoirt a-steach airson Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt. Thachair a' chiad turas-adhair PSO bho Inbhir Ùige gu Obar Dheathain air 11 Giblean 2022.
- ✓ Chùm sinn oirnn ag obair le Comhairle Baile Dhùn Dè gus port-adhair Dhùn Dè agus ceanglaichean ri Lunnainn a bhrosnachadh. Chaidh maoinachadh a thoirt seachad le com-pàirtichean gus taic a thoirt dhan t-slighe PSO bho Dhùn Dè gu London City.

Ni sinn na leanas:

Cùmaidh sinn oirnn ag obair le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gus pròiseactan co-obrachaidh a chomharrachadh gus taic a chumail ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn.



## A' leasachadh nan Daoine Againn

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- ✓ Fhuair sinn teisteanas 'Creideas nar Cosnaidhean' (IIP) ann an 2021/22, agus tha teisteanas leantainneach a' faighinn taic bho phlana gnìomh IIP. Chuir sinn am pròiseas measaidh ùr againn an gnìomh air feadh na buidhne.
- ✓ Rinn sinn ath-sgrùdadh pàighidh is rangachaidh, a thèid ath-sgrùdadh mar thoradh air raon-ùghdarrais sgòp pàighidh 2022/23.
- ✓ Cruthaich sinn modal stiùireadh phròiseactan agus ghòireasan gus pròiseasan a sgioblachadh agus gus cur ri sgilean riaghladh phròiseactan taobh a-staigh nan sgiobaidhean againn.
- ✓ Chruthaich sinn Ro-innleachd Slàinte, Sàbhailteachd is Sunnd

## HIAL A' LEUDACHADH TRÈANADH MOTHACHAIDH GÀIDHLIG

Anns a' Ghiblean 2021, ghabh Bòrd agus Àrd-sgioba Stiùiridh HIAL pàirt ann an cùrsa a bha a' coimhead air eachdraidh a' chànan, a h-àite ann an Alba san latha an-diugh agus mar a tha Ro-innleachd Chorporra agus Plana Gàidhlig HIAL a' ceangal ri chèile. Feuchaidh HIAL ri mothachadh agus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh taobh a-staigh na buidhne, le fòcas sònraichte air luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball.

Tron bhliadhna, rinn HIAL ùrachadh air a suaicheantasan corporra agus puirt-adhair gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd spèis aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. San t-Sultain 2021, dh'fhoillsich HIAL am Plana Gàidhlig ùraichte aige airson 2021-26.

“ Tha HIAL ann an deagh shuidheachadh far am bi sinn a' cur fàilte air àireamh nach beag de luchd-turais agus luchd-tadhail do dh'Alba agus gu tric, 's e seo a' chiad turas a tha iad air eòlas fhaighinn air beatha na Gàidhealtachd no nan eilean. Bha e na thogail-inntinn dhomh fhaicinn gu bheil an uiread de dhaoine de gach aois fhathast a' cur luach mòr anns a' chànan agus sa cheòl. ”

Lorna Jack, Cathraiche HIAL



# Aithisg Ro-innleachdail

## A' tasgadh anns na puirt-adhair

Tron bhliadhna, chùm sinn oirnn a' cumail suas agus a' tasgadh anns na puirt-adhair againn agus sinn ag ullachadh airson tilleadh gu seirbheis àbhaisteach.

Ann an 2021/22 chuir sinn £36m an seilbh nar puirt-adhair agus sna prìomh oifisean againn ann am prìomh phròiseactan calpa. Tha cuid de na h-obraichean crìochnaichte air an liostadh gu h-ìosal:

- **Port-adhair Bharraigh** – tasgadh ann an grunn thogalaichean air an làraich agus an obair dealbhadh a tha a' dol air adhart airson togalach tèirmineal ùr agus ath-leasachadh air stòras charbadan a bhios deiseil ann an 2022/23. Basgaidean gabion gus an raon-laighe air an tràigh agus na solais a tha a' comharrachadh an raon-laighe a dhìon.
- **Port-adhair Bheinn nam Faoghla** – ath-nuadhachadh an raon-laighe agus obair ath-chòmhdach an togalaich. Stàladh solais lùth-èifeachdach agus solais sràide is frith-rathaidean. Ath-nuadhachadh togalach a' phuirt-adhair agus a' togail stòr charbadan mòr.
- **Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain** – uachdar ùr air an raon-laighe agus a' stàladh solais raon-laighe le cumhachd na grèine.
- **Port-adhair Dhùn Dè** – obair ath-nuadhachadh air an raon-laighe. Leasachaidhean innleadaireachd trafaig adhair a' gabhail a-steach stàladh uidheamachd side ùr.
- **Port-adhair Inbhir Nis** – barrachd leasachaidhean àrainneachdail air siostam drèanaidh uisge uachdar nan raon-laighe againn. A' stàladh innealan sgrùdaidh agus uidheamachd side agus ag obair air a' chabhsair air taobh an adhair.
- **Port-adhair Ìle** – obair air an raon-laighe agus acfhainn is uidheamachd ùr, a' gabhail a-steach carbadan-sguabaidh, tractor agus trèilear di-reothadh raon-laighe.
- **Port-adhair Kirkwall** – tasgadh bun-structair airson phrògram Àrainneachd Deuchainn Seasmhach (SATE). A' dèanamh obair beachdachaidh gus piseach a thoirt air slighean tagsaidh, raointean-laighe agus siostaman solais.
- **Port-adhair Steòrnabhaigh** – obair gus casg a chur air bleith cladaich, leudachadh air prìomh aparann a' phuirt-adhair airson itealain nas motha, uidheamachd solais raon-laighe agus stàladh solais lùth-èifeachdach.
- **Port-adhair Sumburgh** – ullachadh airson obair ath-nuadhachaidh an raoin-laighe, agus a' ceannach sganair bodhaig tèarainteachd.
- **Port-adhair Thiriodh** – ath-nuadhachadh raon-laighe agus obair drèanaidh, ceannach uidheamachd ùr a' gabhail a-steach tractor agus trèilear di-reòthaidh. Obair ath-sgeadachaidh raon nan smàladairean.

- **Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt** – chaidh cuid de na h-innealan x-ghath tèarainteachd ùrachadh, chaidh carbadan ùra a libhrigeadh agus rinneadh leasachaidhean a bharrachd air an stèisean smàlaidh, a' gabhail a-steach doras ùr.
- **Prìomh Oifis** – prìomh oifis ath-dhealbhaichte gus freagarrachadh ri obair shùbailte is mheasgaichte. A' toirt a-steach siostaman ùra airson ionmhas, HR, agus gnìomhan obrachaidh.


Ann an 2021/22 cuir sinn a-staigh solasan lùth-èifeachdach anns gach port-adhair aig HIAL mar phàirt den phrògram againn gus obraichean agus bun-structar nam port-adhair a dhi-charbonachadh. Tha sinn cuideachd air liosa air ionadan teàirrsidh cumhachd measgaichte air an talamh aontachadh ris na riochdairean làimhseachaidh talmhainn againn gus taic a thoirt dhan phrògram lùghdachadh carboin taobh an adhair againn agus gus piseach a thoirt air eimiseanan pìob-traogaidh.

Chuir sinn airgead an seilbh ann an goireasan stòraidh mòr airson stuthan di-reòthaidh thar nam port-adhair gu lèir. Anns na tancaichean stòraidh sin tha an lionn potassium formate a tha na phàirt den fhuasgladh di-reòthaidh a tha nas càirdeile dhan àrainneachd.

Tha an teicneòlas a chaidh a thoirt a-steach mar phàirt den stàladh freagarrach airson sgrùdadh agus sgaoileadh èifeachdach tro telemetry.

An-uiridh, thug HIAL a-steach fhuasgladh di-reòthaidh lionn potassium formate agus stuth di-reòthaidh grainiul cruaidh anns a h-uile port-adhair aige. An coimeas ris a' bhathar a chaidh a chleachdadh roimhe, tha buaidh àrainneachdail gu math ìosal aige, le ìre coileanadh àrd, le feartan a chuireas bacadh air meirg.

Nuair a thèid sinn a chleachdadh le teicneòlas saideil anns na carbadan ùra againn le trèilearan di-reòthaidh is urrainn dhuinn a-nis na raointean sin a chaidh a dhi-reòthadh a chlàradh gu ceart, cho math ri àiteachan a dh'fheumas di-reòthachadh a bharrachd.



# Aithisg Ro-innleachdail

## Sgioba HIAL

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig an ìre phroifeiseanta as àirde.

Ann an 2021/22, bha pàirt aig a h-uile duine ri cluich, bho na sgiobaidhean aghaidh againn aig na puirt-adhair gu na sgiobaidhean taic againn stèidhichte sa Phrìomh Oifis againn. Rinn a h-uile duine an dicheall gus ar toirt air ais gu obair àbhaisteach gu sgiobalta agus gu h-èifeachdach.

B' e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach. Tha sinn air ionnsachadh bho mhodalan-obrach ùra a chaidh a thoirt a-steach aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte leithid obair air astar agus measgaichte, agus tha sinn den bheachd gum bi buannachdan fad-ùine aca an dà chuid do ar co-obraichean agus dhan Chompanaidh.

An-uiridh thàinig daoine air ais a dh'obair oifis gu slaodach, le mòran cho-obraichean a' roghnachadh fuasgladh obrach measgachadh eadar an dachaigh agus an oifis.

Tha sinn air grunn chothroman obrach aig astar a thoirt a-steach, le grunn phrìomh oifisean agus gnìomhan taice gan dèanamh bho na puirt-adhair againn, gu sònraichte an fheadhainn a tha stèidhichte sna h-eileanan.

Ann an 2021 rinn a' Chompanaidh Measadh Creideas nar Cosnaidhean (IIP) bhon taobh a-muigh agus fhuair i Inbhe Leasaichte IIP. Dh'aithnich am measadh seo an obair nach beag a rinneadh thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh gus ar poileasaidhean agus pròiseasan riaghlaidh dhaoine agus gnìomhan ionnsachaidh is leasachaidh a neartachadh.

Tha HIAL fhathast na:

- Fastaiche a tha Misneachail a thaobh Ciorraman
- Fastaiche a tha Barantaichte a thaobh Tuarastal Bith-beò
- Fastaiche a tha Taiceil do Luchd-cùraim



## LUCHD-OBRAICH HIAL AIR AM FASTADH GU PRÌOMH DHREUCHDAN SMÀLAIDH IONADAIL

Tha e na fhòcas aig HIAL cothroman leasachaidh a chruthachadh do na co-obraichean againn bhon eòlas agus gnàth-eòlas againn. Chaidh dìthis cho-obraichean a rinn feum de na cothroman tro an cùrsa-beatha ainmeachadh mar Mhanaidsearan Smàlaidh is Gníomhachd Port-adhair aig puirt-adhair Sumburgh agus Kirkwall ann an 2021.



Jamie Conley, Port-adhair Sumburgh

“Bha mi riann airson adhartas a dhèanamh taobh a-staigh HIAL. Tha na cothroman taobh a-staigh na seirbheis air leth math, agus tha a h-uile port-adhair taobh a-staigh buidheann HIAL cho eadar-dhealaichte a thaobh na dh'fheumar a dhèanamh bho latha gu latha.”

Jamie Conley, Manaidsear Smàlaidh Port-adhair agus Gníomhachd aig Sumburgh, a tha a' dèanamh preantasachd ceumnachaidh aig an àm seo.

“Tha a h-uile duine leis an robh mi ag obair aig HIAL air brosnachadh agus taic a thoirt dhan leasachadh agam. Tha mi gu sònraichte taingeil dhan sgioba ann an Kirkwall leis gu bheil iad air uimhir a theagasg dhomh thar nam bliadhnaichean agus tha mi fhathast a' coimhead, ag èisteachd agus ag ionnsachadh bhuapa.”

Margaret MacRae, Manaidsear Smàlaidh agus Gníomhan ann an Kirkwall



Margaret MacRae, Port-adhair Kirkwall



# Aithisg Ro-innleachdail

## HIAL sa choimhearsnachd

Tha puirt-adhair HIAL nam puirt-adhair coimhearsnachd gu ire-mhòr agus 's e an t-amas againn na stòrasan againn a chleachdadh, a' gabhail a-steach toglaichean agus fearainn, a chùim leas nan coimhearsnachdan ionadail againn.

Tro 2021/22 rinn na sgiobaidhean againn na b' urrainn dhaibh gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan ionadail agus dhan luchd-siubhail againn.

Anns a' Chèitean 2021, chuidich an sgioba ann am Barraigh agus luchd-obrach ionadail aig Loganair gu mòr gus Jamie Forde a chuideachadh gus iarraidh air a leannan a phòsadh.

Chuir Jamie fios gu sgioba Port-adhair Bharraigh mus deach iad dhan eilean a dh'fhaighneachd am biodh e comasach dhaibh a' cheist a chur sa ghainmich. Chaidh an dithis air a' phlèana bho Ghlaschu gu Barraigh air Disathairne 15 Cèitean 2021 far an deach a' cheist a chur air Anna nuair a bha am plèana a' laighe agus thuir i gum pòsadh i Jamie.

Tha Gary Johnstone, Manaidsear Faire aig Seirbheis Smàlaidh Port-adhair Dhùn Dè air aon de thriuir Stiùirichean aig a' Chomann Smàlaidh is Teasairginn Eadar-nàiseanta (IFRA); Carthannas Albannach a chaidh a stèidheachadh ann an 2001 gus Luchd-smàlaidh agus Seirbheisean Èiginn a chuideachadh air feadh an t-saoghail. Is e rùn a' charthannais a bhith a' brosnachadh gleidheadh agus dìon beatha bho theine is mòr-thubaistean eile. Is e IFRA an carthannas Smàlaidh is Teasairginn Eadar-nàiseanta as motha ann an Alba le luchd-obrach saor-thoileach bho gach seòrsa beatha. Bidh e a' toirt seachad trèanadh agus taic air feadh an t-saoghail, às dèidh dha grunn mhiseanan trèanaidh a dhèanamh ann an Argentina.

Thuir Gary gu bheil HIAL mar bhuidheann air a bhith cho taiceil dhan obair aige leis a' charthannas.

Leigidh an trèanadh a fhuair e aig HIAL leis an t-ionnsachadh sin a thoirt do na coimhearsnachdan iomallach sin agus a thoirt seachad do dhaoine eile. Is toil le Gary a bith a' dol air ais agus an trèanadh fhaicinn ann an gnìomh agus an diofar a tha e a' dèanamh.



Jamie agus Anna



Port-adhair Bharraigh



Gary Johnstone, a' bruidhinn mu eacarsaich le eadar-theangadair

# Aithisg Ro-innleachdail

## HIAL sa choimhearsnachd (a' leantainn)

Thill Run the Runway gu Port-adhair Inbhir Nis ann an 2021 agus thog e còrr is £30,000 do Maggie's na Gàidhealtachd. Chaidh an tachartas a chumail Disathairne 31 Lùnastal, agus b' e seo an ceathramh turas a chaidh a chumail aig Port-adhair Inbhir Nis.

Bha còrr is 150 com-pàirtiche ann, leis a' mhòr-chuid ann an aodach air leth. Dh'fhaodadh farpaisich ruith, gluasad, coiseachd no cuibhleachadh fad an raoin-laighe agus air ais aig meadhan oidhche, cùrsa beagan a bharrachd air 5k. Fhuair an tachartas taic bhon sgioba aig Port-adhair Inbhir Nis – a' gabhail a-steach rola beucon bhon Stag and Thistle aig an deireadh – air an robh na com-pàirtichean airidh – le saor-thoilich bho Maggie's agus clubaichean Rotary ionadail a' cuideachadh air an oidhche.

Chùm an sgioba aig Port-adhair Ìle a' chiad tachartas Run the Runway aca riamh air Disathairne 2 Dàmhair 2021 gus airgead a thogail airson Carthannas Ambaileans-adhair na h-Alba. Fhuair daoine de gach aois is comas an cothrom gun samhail coiseachd no ruith 5km air raointean-laighe Port-adhair Ìle, le cothrom aig clann slighe aon mhìle a ghabhail. Bha a' chiad tachartas air leth soirbheachail agus thog e faisg air £4,400 do charthannas.

San t-Samhain 2021, dh'ath-nuadhaich HIAL a ghealltanas do Chùmhnant nam Feachdan Armaichte, a' gealltainn a bhith a' toirt taic do dh'fhastadh taobh a-staigh coimhearsnachd nam Feachdan Armaichte, a' gabhail a-steach luchd-glèidhidh, seann shaighdearan, agus buill teaglaich an fheadhainn a tha anns na feachdan aig an àm seo.

Tha còrr air 60 co-oibrichean aig HIAL a tha ceangailte ris na Feachdan Armaichte agus a tha a' toirt taic do luchd-feachd-glèidhte agus feadhainn a bha sna feachdan taobh a-staigh na buidhne. Chlàraich HIAL leis an sgeama an toiseach ann an 2015 agus tha iad air aontachadh a bhith a' gabhail pàirt san sgeama airson an ath chòig bliadhna.





# Aithisg Ro-innleachdail

## HIAL sa choimhearsnachd (a' leantainn)

Tha Port-adhair Kirkwall air dhol na phrìomh chom-pàirtiche ann an sgeama greis-gnìomhachais paramedic. Ag obair ann an com-pàirteachas le NHS Arcaibh, bha oileanaich saidheans paramedic bho Oilthigh Robert Gordon, Obar Dheathain, ag obair còmhla ri sgioba seirbheis smàlaidh a' phuirt-adhair san t-Samhain 2021 agus sa Ghearran 2022.

Rè a' cheum tri-bliadhna, ni oileanaich blocaichean greis-gnìomhachais ochd seachdainean: ceithir seachdainean le sgioba a' charbad-eiridinn, agus ceithir seachdainean a' dèanamh ceangal ri seirbheisean ann an NHS Arcaibh agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Anns an dàrna bhliadhna aca, tha tè de na h-ochd seachdainean sin ga thoirt seachad leis na Seirbheisean Èiginn.

Aig Port-adhair Kirkwall, gheibh na h-oileanaich eòlas air taobh eile de na seirbheisean èiginn, a bharrachd air tuigse fhaighinn air an obair ioma-bhuidhneach a bhios a dhìth orra.

Ag obair còmhla ri sgioba na seirbheis smàlaidh, bha na h-oileanaich an sàs ann an eacarsaich teine, agus fhreagair iad tachartas trauma far an robh aca ris na sgilean a bha iad air ionnsachadh a chur gu feum.



Luchd-obrach Port-adhair Kirkwall



Eacarsaich air raon nan smàladairean

## PORT-ADHAIR INBHIR NIS A' CUMAIL TAIC RI LUCHD-EALAIN IONADAIL

Ag obair ann an com-pàirteachas le Acadamaidh Chruthachail Inbhir Nis Wasps, thug Port-adhair Inbhir Nis cothrom do luchd-ceumnachaidh Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) an obair aca a shealltainn ann an taisbeanadh ealain.

Thug cur air bhog Highlands Creatives sa Ghiblean 2021 cothrom do luchd-ealain ionadail ùr an cuid obrach a thaisbeanadh ann an àite poblach, leis an ealain ri cheannach gu dìreach bhon luchd-cruthachaidh.

Chaidh an taisbeanadh ùrachadh san Dùbhlachd 2021, a' toirt cothrom do dhìofar luchd-ealain an cuid obrach a thaisbeanadh do raon farsaing de luchd-siubhail.



Yelena Visemirskaya, a cheumnaich bho Cholaisde Inbhir Nis UHI

**“ Bha mi air leth toilichte nuair a thàinig an t-oilthigh agus an sgioba cruthachail aig Wasps thugainn leis a' bheachd a bh' aca gus taisbeanadh ealain a chur san togalach tèirmineal againn. Bha sinn ro thoilichte cothrom a bhith againn taic a thoirt do luchd-ealain ionadail agus dhan choimhearsnachd chruthachail san fharsaingeachd aig àm cho dùbhlach. ”**

Graeme Bell, Manaidsear Port-adhair Inbhir Nis



# Aithisg Ro-innleachdail

## Achd nan Aonaidhean Ciùird 2016:

### Aithris air Ùine airson Dleastanasan Aonaidhean-ciùird bho 1 Giblean 2021 gu 31 Màrt 2022

Fo Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Riathanasan a thaobh Ùine airson Dleastanasan nan Aonaidhean-ciùird) 2017, feumaidh fastaichean san roinn phoblaich fiosrachadh fhoillseachadh a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird.

Tha HIAL ag aithneachadh trì aonaidhean ciùird: Prospect, Public and Commercial Services Union (PCS) agus Unite.

Tha aonta a thaobh ùine airson dleastanasan aonaidhean-ciùird ann gus am bi na leanas aig riochdairean aonaidh:

- goireasan gus an urrainn dhaibh conaltradh le buill agus deagh dhàimhean le luchd-obrach a bhrosnachadh
- ùine reusanta dheth rè uairean obrach gus dleastanasan aonaidh a dhèanamh, a ghabhail a-steach a bhith a' riochdachadh luchd-obrach, a' frithealadh choinneamhan co-chomhairleachaidh agus a' dèanamh sgrùdaidhean slàinte is sàbhailteachd
- àm reusanta dheth rè uairean obrach gus trèanadh a dhèanamh a tha ceangailte ri bhith a' toirt seachad dhleastanasan mar riochdaire aonaidh

Tha eadar-obrachadh na Companaidh leis na h-aonaidhean ciùird gu ìre mhòr air a dhèanamh leis na h-Oifigearan Co-rèiteachaidh làn-ùine bho gach fear de na h-aonaidhean ciùird. Bidh oifigearan làn-ùine a' frithealadh Comataidh Co-rèiteachaidh agus Co-chomhairleachaidh (*Joint Negotiation and Consultative Committee – JNCC*) na Companaidh agus, mar as trice, bidh iad a' riochdachadh luchd-obrach fa-leth ann an coinneamhan mu chùisean luchd-obrach.


Bidh riochdairean aonaidhean ciùird ionadail a' frithealadh an JNCC. A bharrachd air seo, tha ullachaidhean agus Coinneamhan sònraichte leis an aonadh ciùird iomchaidh airson pròiseactan agus prògraman obrach cudromach. Tha rèiteachaidhean eadar-aghaidh aig gach port-adhair anns am bi na riochdairean ionadail a' gabhail pàirt.

## Riochdairean Aonaidhean Ciùird 2021/22

Prospect	27
PCS	1
Unite	6

Chan eil oifigearan aonaidhean ciùird làn-thìde aig HIAL. Bidh gach fear/tè de na riochdairean a' cur seachad nas lugha na 10% den ùine obrach aca air dleastanasan nan aonaidhean-ciùird.

Thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh tha Oifigearan Co-rèiteachaidh làn-ùine ùr air a bhith aig gach aonadh ciùird. Tha an conaltradh adhartach a chaidh a stèidheachadh tron ghalar sgaoilte air leantainn agus tha deagh chonaltradh ann le oifigearan tro ar Co-rèiteachadh JNCC a bharrachd air a' Bhuidheann-stiùiridh Poileasaidh againn, a tha air ùr chruthachadh, a bheir barrachd ùine dhuinn airson a bhith a' beachdachadh air leasachadh poileasaidhean cosnaidh HIAL.



Tùr-ùil Bheinn nam Faoghla

# Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE)

Chruthaich a' chiad ìre den phròiseact tionnsgalach seo a' chiad ionad deuchainn adhair carbon-ìosal stèidhichte air obrachadh san RA ann am Port-adhair Kirkwall ann an Arcaibh.

Bha Ìre 1 a' gabhail a-steach tursan-adhair soirbheachail a' taisbeanadh teicneòlas itealain seasmhach ùr-ghnàthach, a chomharraich buannachdan dha-riribh do choimhearsnachdan iomallach.

- Na ciad sheirbheisean-adhair dealain measgaichte airson Alba air an dèanamh le Ampaire
- Companaidh teicneòlais sònraichte dròn Windracers leis a' Phost Rìoghail air tursan-adhair fèin-obrachail, deuchainn shoirbheachail a' libhrigeadh post gu coimhearsnachdan iomallach, leis a' Phost Rìoghail a' cur an teicneòlas seo an gnìomh aig ìre mòran nas fharsaingeach mar thoradh air seo.
- Chaidh goireasan hangar sònraichte agus oifisean a chruthachadh cuideachd aig Port-adhair Kirkwall, a' chiad ionad deuchainn itealain beag-charboin ìosal san RA a tha stèidhichte aig port-adhair coimeirsealta.
- A' toirt togail eaconamach luach £5m do dh'Arcaibh

A' coimhead air adhart gu 2022/23, leis a' mhaoineachadh de £8.9m a thug Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh na RA (UKRI) seachad mar phàirt de cho-fharpais Future Flight Challenge, is urrainn dhan phrògram a dhol dhan ath-ìre leasachadh de SATE.

Ged a tha goireasan SATE stèidhichte ann am Port-adhair Kirkwall, tha Ìre 2 a' gabhail a-steach planaichean airson obrachadh le coimhearsnachdan eile air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus bidh an teicneòlas ùr a' freagairt air cùisean cleachdaidh pragtaigeach gus buannachd a thoirt do choimhearsnachdan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Cuidichidh Ìre 2 gus amas a' phròiseict a libhrigeadh a bhith a' leudachadh a sgèile agus a bhith na Ionad Sàr-mhathais airson Seirbheisean-adhair Roinneil Seasmhach san RA.

Am measg prìomh fheartan a' phròiseict, tha:

- A' stèidheachadh lionra libhrigidh drònaichean spòg-agus-hub
- A' chiad seirbheis adhair le cumhachd an haidridein (le 19 cathraichean).
- Turas-adhair soirbheachail eadar Arcaibh is Nirribhidh gus teicneòlas ùr a dhearbhadh
- A' stèidheachadh àrainneachd adhair deuchainn sònraichte
- Mion-sgrùdadh geo-spàsail, agus modaladh sòisio-eaconamach agus leasachadh lionra slighean adhair seasmhach na Gàidhealtachd is nan Eilean san àm ri teachd.
- A' cruthachadh modail raon-adhair a leigeas le tursan-adhair clàraichte agus carbadan adhair gun dràibhear (UAVan) a bhith ag obair aig an aon àm.



Tachartas deireadh pròiseact airson Ìre 1 de SATE, Port-adhair Kirkwall

# Aithisg Ro-innleachdail

## Aithris Nas Èifeachdaiche air Lùths agus Carbon (Streamlined Energy and Carbon Reporting – SECR)

### Riathanasan Aithris SECR

Tha riaghailtean aithris nas èifeachdaiche air lùths agus carbon (SECR) na fhrèam aithris a chaidh an àite sgeama èifeachdas CRC. Chaidh an riaghailt a chur an gnìomh air 1 Giblean 2019 agus tha e a' gabhail a-steach bliadhnaichean aithris ionmhasail a thòisich air no às dèidh a' chinn-latha seo. Airson Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta (HIAL), seo 1 Giblean 2021 gu 31 Màrt 2022.

Tha an riaghailt an sàs airson companaidhean mòra a tha a' coileanadh nan riathanasan a leanas:

- Còrr is 250 luchd-cosnadh
- Teachd a-steach de chòrr is £36 millean
- Duilleag Cothromachaidh le iomlan de chòrr is £18 millean

Feumaidh companaidhean a tha a' tighinn fo sgèith an reachdais am fiosrachadh lùtha is carboin aca a chur ann an Aithisg nan Stiùirichean aca mar phàirt de na dleastanasan aithris bliadhnail aca.

A chionn 's gu bheil HIAL na chompanaidh mòr neo-liostaichte, feumar na rudan a leanas a chur ann aig a' char as lugha:

- Cleachdadh lùths san RA (aig air a' char as lugha gas, dealain a chaidh a cheannach agus còmhhdail). Tha aithris air còmhhdail riathanach ann an suidheachaidhean far a bheil uallach air a' bhuidhinn gus connadh a cheannach.
- Eimiseanan gas taighe-ghlainne (*greenhouse gas* – GHG) ceangailte
- Na figearan airson na bliadhna roimhe airson cleachdadh lùths agus eimiseanan GHG (ach a-mhàin sa chiad bhliadhna)
- Co-dhiù aon cho-mheas dèine (m.e. eimiseanan a rèir àireamhan luchd-obrach FTE no tionndadh airgid)
- Fiosrachadh mu gnìomhan a thaobh èifeachdas lùtha a chaidh a ghabhail ann am bliadhna ionmhais na buidhne
- An dòigh-obrach a chleachdar gus na foillsichidhean seo obrachadh a-mach

Tha HIAL air a bhith ag aithris air na h-eimiseanan againn a rèir riaghailtean aithris riathanach na RA air gasaichean an taigh ghlainne bho bhliadhna ionmhais 18/19. Às dèidh do na riathanasan aithris nas èifeachdaiche air lùths agus carbon a thighinn a-steach, cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh ar caitheamh lùtha agus eimiseanan carbon co-cheangailte riutha san aithisg bhliadhnail againn a rèir sin.

Tha na h-eimiseanan air a bheilear ag aithris a' gabhail a-steach eimiseanan bhon a h-uile port-adhair a th' againn no a tha sinn a' ruith. 'S iad sin: Port-adhair Bharraigh, Port-adhair Bheinn na Faoghla, Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Port-adhair Ile, Port-adhair Inbhir Nis, Àrd-oifis Inbhir Nis, Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt, Port-adhair Kirkwall, Port-adhair Steòrnabhaigh agus Port-adhair Thiriodh. Tha ionmhas nam port-adhair seo air a chur còmhla aig ire na buidhne, agus mar sin tha sinn air ar sgaoilidhean a chur còmhla san aon dòigh. Tha Clàr 1 air an ath dhuilleig a' toirt cunntas air a' phròifil eimiseanan againn airson bliadhna ionmhais 2021/22 (Giblean-Màrt), far an robh meudachadh 7.5% anns na h-eimiseanan againn san dòigh-obrach stèidhichte air àite agus meudachadh de 23% san dòigh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh.

Tha modh-obrach stèidhichte air àite a' nochdadh dèinead eimiseanan cuibheasach nan cliathan air am bi caitheamh lùtha a' tachairt a' cleachdadh factaran eimiseanan cuibheasach clèithe. Tha modh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh a' sealltainn sgaoilidhean bho dhealan a cheannaich companaidhean; Tha HIAL air roghnachadh dealan a cheannach bho thùsan a tha 100% ath-nuadhachail.





# Aithisg Ro-innleachdail

**Clàr 1 Pròifil Eimiseanan HIAL – Aithris eimiseanan coimeasach èigheachail airson nam bliadhnaichean ionmhais 2020/21 agus 2021/22**

	Aonad	Stèidhichte air àite		Stèidhichte air Margadh	
		20/21 RA agus Far a' Chosta	21/22 RA agus Far a' Chosta	20/21 RA agus Far a' Chosta	21/22 RA agus Far a' Chosta
Caitheamh cumhachd a chaidh a chleachdadh gus eimiseanan a thomhas	kWh	17,516,506	19,634,445	17,516,506	19,634,445
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh gas nàdarra (Sgòp 1)	tCO <sub>2</sub> e	32	42	32	42
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh connaidhean teasachaidh eile (Sgòp 1)	tCO <sub>2</sub> e	1,551	2,227	1,551	2,227
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh gas nàdarra air adhbharan còmhhdail (Sgòp 1)	tCO <sub>2</sub> e	685	492	685	492
Eimiseanan bho shiubhal gnìomhachais ann an càraichean air màl (cairtean connaidh) no carbadan le luchd-obrach (miltean air a phàigheadh air ais) far a bheil uallach air a' chompanaidh an connadh a cheannach (Sgòp 3)	tCO <sub>2</sub> e	10	48	10	48
Sgaoilidhean bho dhealan a chaidh a cheannach (Sgòp 2)	tCO <sub>2</sub> e	1,990	1,779	-	-
<b>CO<sub>2</sub>e coimeasach iomlan stèidhichte air na figearan gu h-àrd</b>	tCO <sub>2</sub> e	<b>4,267</b>	<b>4,588</b>	<b>2,277</b>	<b>2,809</b>
Co-mheas dian coimeasach: kgCO <sub>2</sub> e / àireamhan luchd-siubhail iomlan kgCO <sub>2</sub> e / àireamhan luchd-siubhail iomlan	kgCO <sub>2</sub> e/PAX	10.87	4.46	5.80	2.73

Gus coimeas a dhèanamh bliadhna-thar-bliadhna de dh'eimiseanan a tha a' toirt feart air atharrachaidhean anns an ìre ghnìomhachd, tha HIAL air co-mheas dian eimiseanan obrachadh a-mach a rèir àireamh iomlan an luchd-siubhail airson na bliadhna aithris. Tha seo stèidhichte air 392,682 luchd-siubhail airson bliadhna ionmhais 2020/21, air an tug na bacaidhean siubhail aig àrde a' ghalair lèir-sgaoilte Covid buaidh mhòr, agus 1,028,466 luchd-siubhail airson bliadhna ionmhais 2021/22. Tha an co-mheas dèine air tuiteam ann an 2021/22 mar thoradh air leudachadh ann an àireamhan an luchd-siubhail.

# Aithisg Ro-innleachdail

Anns a' bhliadhna aithris seo tha fiosrachadh a bharrachd air a thoirt seachad ann an Clàr 2 gu h-ìosal, 's e sin:

- Aithris nas fheàrr air eimiseanan co-cheangailte ri gnìomhachd connaidh is lùtha nach eil mar as trice air an gabhail a-steach ann an sgòp 1 agus 2. Mar sin, thathar a' toirt a-steach tobair gu tanca (WTT) agus call tar-chuir is sgaoilidh (T&D) co-cheangailte ri caitheamh dealain, teas agus connaidh ann an raon 1 agus 2 air an gabhail a-steach.
- Tha roinn a bharrachd de dhàta eimiseanan Sgòp 3: dàta sgaoilidhean siubhal gnìomhachais, air a ghabhail a-steach gus làn shealladh a thoirt air an ìre de ghnìomhachd siubhal gnìomhachais a-staigh a bhios luchd-obrach HIAL a' dèanamh, gu sònraichte tro bhith a' cleachdadh còmhdhail phoblach.

## Clàr 2 Pròifil HIAL – Aithris air Eimiseanan Sgòp 3 Roghainneil airson na bliadhna ionmhais 2021/22

	Aonad	Stèidhichte air àite	Stèidhichte air Margadh
		21/22 FY RA agus Far a' chosta	21/22 FY RA agus Far a' chosta
Eimiseanan bho bhith a' losgadh gas nàdarra (Sgòp 3 WTT)	tCO <sub>2</sub> e	7.17	7.17
Sgaoilidhean bho bhith a' losgadh connaidhean teasachaidh eile (Sgòp 3 WTT)	tCO <sub>2</sub> e	493	493
Eimiseanan bho bhith a' losgadh connadh airson adhbharan còmhdhail (Sgòp 3 WTT)	tCO <sub>2</sub> e	122	122
Eimiseanan bho shiubhal gnìomhachais le bhith a' cleachdadh còmhdhail poblach (Sgòp 3)	tCO <sub>2</sub> e	0.61	0.61
Eimiseanan bho dhealain a chaidh a cheannach (Sgòp 3 WTT, T&D, WTT and T&D)	tCO <sub>2</sub> e	662	-
<b>Eimiseanan iomlan CO<sub>2</sub>e sgòp 2</b>	<b>tCO<sub>2</sub>e</b>	<b>1,280</b>	<b>623</b>
<b>Eimiseanan CO<sub>2</sub>e iomlan (a' gabhail a-steach an CO<sub>2</sub>e mar a th' ann an Clàr 1)</b>	<b>tCO<sub>2</sub>e</b>	<b>5,873</b>	<b>3,432</b>

# Aithisg Ro-innleachdail

## Gnìomhan a thaobh èifeachdas lùtha

Tha HIAL air leantainn air a' gabhail cheuman gus piseach a thoirt air èifeachdas lùths nan làraichean againn agus gus na h-eimiseanan carboin againn a lùghdachadh. Tha seo a' gabhail a-steach nan gnìomhan agus pròiseactan a leanas:

- Planaichean stiùiridh carbon air an cur ri chèile airson gach fear de na 11 puirt-adhair aig HIAL, gus ar dealas a shealltainn a thaobh a bhith a' tuigsinn agus a' lùghdachadh ar cuid eimiseanan san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach a bhith a' cur an aghaidh eimiseanan Sgòp 3 bho phlèanaichean. Choisinn Port-adhair Inbhir Nis "Lùghdachadh" ire 2 fo sgeama Barrantachadh Carbon nam Port-adhair (ACA) ann an 2022.
- Choimisean sinn rannsachadh mapa-slighe gu cothromachadh-carboin a thaobh eimiseanan, a' gabhail a-steach nan eimiseanan Sgòp 1 is Sgòp 2 a chaidh aithris fo SECR a bharrachd air eimiseanan Sgòp 3 mòra bho sheirbheisean-adhair agus còmh-dhail luchd-siubhail. Am measg nam molaidhean as cudromaiche a tha air am mineachadh sa mhapa-rathaid gus an coilean sin ar targaid cothromachadh-carboin ann an 2040, bha a bhith a' cur fòcas air na h-oidhirpean gus eimiseanan seirbheisean adhair agus obair air tìr a dhi-charbonachadh, a tha ag adhbharachadh a' mhòr cuid de na h-eimiseanan sna puirt-adhair againn.
- Sgaoileadh leantainneach de sholais LED, an dà chuid air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh le smachd bho mhothachairean far a bheil sin iomchaidh, agus tha am pròiseact seo faisg air deiseil.
- Thòisich sinn a' gluasad nan carbadan againn bho chonnadh fosail gu lùths ath-nuadhachail ann an Sumburgh agus Inbhir Nis.
- Lùghdachadh air eimiseanan bho thrèanadh smàlaidh aig na puirt-adhair againn le bhith a' pileatadh a bhith a' lughdachadh tricead trèanaidh gu uair sa mhios, agus lùghdachadh deuchainnean air uidheamachd gu uair san t-seachdain, agus a' tasgadh ann an dòighean trèanaidh eile, a' toirt a-steach seiseanan bhiortail.
- A' cur ri èifeachdas nan siostaman teasachaidh a th' ann mar-thà ann an grunn phuirt-adhair tro ùrachadh uidheamachd agus ath-nuadhachadh teas-ghlèidheadh ann an togalaichean puirt-adhair nas sine.



## An dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh gus an lorg carboin obrachadh a-mach

Chaidh an lorg carboin againn a thomhas le Ricardo Energy & Environment a tha air modh-obrach a chleachdadh a rèir prionnsapalan Inbhe Pròtacal Gas Taigh-glainne (GHG) airson Cunntasachd Corporra agus Aithris air a thoirt gu buil le Comhairle Gnìomhachais na Cruinne airson Leasachadh Seasmhach (WBCSD) agus Institiud Goireasan na Cruinne (WRI) – inbhe a tha aithnichte air feadh na cruinne. Tha Inbhe Pròtacal GHG air aon de na dòighean-obrach a tha air am moladh fo stiùireadh SECR. Tha an lorg coise a' cleachdadh factaran iompachaidh na RA airson na bliadhna aithris is na bliadhna coimeis.

Airson cleachdadh lùth far nach robh figearan ann an kWh mar-thà, chaidh an cur gu kWh a' cleachdadh na h-ire dlùths agus an luach calorific iomlan a chaidh a thoirt bho factaran tionndaidh gasaichean taigh-ghlainne aig riaghaltas na RA airson na bliadhna aithris. Airson carbadan a tha leinn, bha seo stèidhichte air na factaran iompachaidh airson diosail, peatrail, kerosene, propane agus ola gas.

Tha an dàta a chaidh a ghlacadh taobh a-staigh àireamhachadh lorg carboin na bliadhna seo air tighinn sa mhòr-chuid bho fhàirdealan bho sholaraichean lùtha, ged a chaidh dàta mu dhealan a ghlacadh tro dhàta bho mheatairean, an dà chuid feadhainn a tha a' tomhas a rèir leth-uair a thìde agus feadhainn nach eil. Chaidh eimiseanan carboin bho charbadan le HIAL a thomhas a rèir nan liotairean de chonnadh a chaidh a chaitheamh anns gach carbad leis nach eil miltean ann mar thomhas iompachaidh. Tha luchd-gabhail aig HIAL cuideachd far a bheil an t-uallach airson lùth a cheannach taobh a-staigh raon-ùghdarrais HIAL, ach far a bheil an lùth ga chaitheamh leis an neach-gabhail agus far a bheil na cosgaisean an uair sin air an cur air an neach-gabhail. Chaidh eimiseanan bho na stòrasan sin a thoirt a-mach às an aithisg seo. Tha seo a' gabhail a-steach connadh dealain is teasachaidh agus caitheamh connadh còmh-dhail aig na puirt-adhair a leanas:

- Ann an Dùn Dè, chleachd an teannt (Tayside Aviation) 92,233 kWh de ghas nàdarra, co-ionann ri 16,893 kgCO<sub>2</sub>e.
- Ann an Inbhir Nis, chaidh 244,272 kWh de dhealan a chleachdadh, co-ionann ri 51,866 kgCO<sub>2</sub> (le Luchd-ceadachaidh reic agus càraichean màil)
- Ann an Kirkwall, chaidh 70,435 kWh de dhealan a chleachdadh (North Air, Island Kitchen, Oifis na Side, Happy Haddock, agus Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba) a chleachdadh, co-ionann ri 14,955 kgCO<sub>2</sub>e.
- Ann an Sumburgh (North Air, Star Rent A Car, Babcock agus Loganair), chaidh 27,204 kWh de dhealan a chleachdadh, co-ionann ri 5,776 kgCO<sub>2</sub>e.
- Ann an Steòrnabhagh (Bristow Helicopters, Car Hire Hebrides, Highland Fuels, North Air, Farm Dairy, DRDF), chaidh 237,107 kWh de dhealan a chleachdadh, co-ionann ri 50,345 kgCO<sub>2</sub>e.
- Ann an Steòrnabhagh, chaidh 75,457 kWh de chonnadh teasachaidh agus connadh còmh-dhail a chaitheamh le Loganair, co-ionann ri 19,300 kgCO<sub>2</sub>e.



# Aithisg Ro-innleachdail

## An dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh gus an lorg carboin obrachadh a-mach (a' leantainn)

Tha anailis air dàta ionmhasail airson connadh còmhdhail gnìomhachais air feart a toirt air tar-iadhadh sam bith eadar cunntasan HIAL gus nach bi cunntadh dùbailte ann. Nuair a bhathar a' tomhas eimiseanan bho chonnadh còmhdhail, far nach deach ach an caitheamh air connadh a thoirt seachad (connadh aig càr air mhàl agus mìltean pearsanta), chaidh gabhail ris gur e peatrail a bh' ann an 50% den chaitheamh agus dìosail sa 50% eile. Mu dheireadh, far a bheil sin iomchaidh, chaidh an dàrna cuid pris cuibheasach a' chonnaidh bho fhàirdealan no bho Lionra Alba Sheasmhach (inneal CFPR) a chleachdadh gus caitheamh air connadh a thionndadh gu meud.

Tha HIAL cuideachd air co-dhùnadh cunntas a dhèanamh gu saor-thoileach air eimiseanan stèidhichte air a' mhargaidh còmhla ris an dòigh riatanach stèidhichte air àite, oir bidh seo a' gabhail a-steach mar a tha HIAL a' ceannach dealan aig a bheil 100% de Gheallaidhean Tùsan Cumhachd Ath-nuadhachail (*Renewable Energy Guarantees of Origin – REGO*). Le fianais gus seo a dhearbhadh, chaidh an dealan uile a chleachd HIAL tro EDF iomadachadh le factor de neoni.

Chaidh eimiseanan bho gnìomhachd siubhal gnìomhachais a thomhas a rèir dàta stèidhichte air caitheamh a fhuairleadh sa mheadhan, agus bho chosgaisean gach aonad astar a chaidh a shiubhail airson nan còig roinnean de chòmhdhail poblach: adhair, aiseag, rèile, bus agus tagsaidh, air an toirt a-mach às an inneal Carbon Footprint & Project Register (CFPR). Mar sin chan eil na eimiseanan iomlan airson na roinne seo ach taisbeanach ach tha iad a' toirt seachad cunntas nas fheàrr air eimiseanan Siubhal Gnìomhachais Sgòp 3 aig HIAL an taca ris an ùine aithris roimhe.



Còmhdhail motair, Port-adhair Sumburgh

# Aithris Gèillidh

## Tha Ricardo Energy & Environmental (REE) air a bhith ag obair le HIAL gu dàta gas taighe-ghlainne agus àrainneachdail obrachadh a-mach airson Aithris SECR. Tha an aithris seo na gheàrr-chunntas air toradh a' phròiseas.

### Àm Dearbhaidh

Thathar ag aithris airson eimiseanan airson 1 Giblean 2021 gu 31 Màrt 2022.

### Ìre agus sgòp an dearbhaidh

Rinn REE lèirmheas dearbhaidh cuingichte air dàta GHG agus àrainneachdail HIAL airson 2021/22 leis an amas dèanamh cinnteach gum bi HIAL a' gèilleadh ri SECR. Tha an dàta a chaidh a thoirt seachad a' gabhail a-steach dàta aithris riatanach.

Tha an dearbhadh seo airson pròifil nan eimiseanan mar a chaidh a mhineachadh ann an stuthan SECR Earrann 2 gu h-àrd airson aithisg bhliadhnail Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

### Modh-obrach an dearbhaidh

Rinn REE dearbhadh air gasaichean taigh-ghlainne agus dàta àrainneachdail HIAL airson 2021/21 a rèir ISO 14064-3: 2019: Sònrachadh le stiùireadh airson dearbhadh agus daingneachadh a thaobh beachdan mu ghasaichean an taigh-ghlainne a bharrachd air dleastanasan gealltanais a bharrachd air ISAE 3000 (ath-sgrùdaichte) Assurance Engagements Other than Audits or Reviews of Historical Financial Information.

### Am beachd aig Ricardo Energy and Environment

Stèidhichte air ath-sgrùdadh Ricardo Energy & Environment:

1. Tha HIAL air a dheagh ullachadh airson a bhith a' gèilleadh ris an reachdas SECR agus ri riatanasan an sgeama ann an 2021/22.
2. Tha an dàta a thèid a chleachdadh gus an aithisg bhliadhnail SECR a dhèanamh coileanta, air a dheagh structaradh agus aig ìre glè phongail.
3. Tha cothrom ann piseach a thoirt air na pròiseasan stiùiridh dàta airson amannan aithris san àm ri teachd gus an tèid àireamhachadh SECR a dhèanamh nas luaithe. Tha HIAL ag obair a dh'ionnsaigh seo mar-thà le bhith:
  - A' cur an sàs iartas dàta bliadhnail cunbhalach gum bi an dàta aig na buidhnean SECR iomchaidh ri fhaotainn le Roinn Ionmhais/Cunntasan taobh a-staigh HIAL;
  - A' cur an sàs iartas dàta bliadhnail cunbhalach gum bi an dàta airson soithichean adhair aig Sgòp 3 (Deuchainnean einnsean itealain agus dàta LTO/CCD) gu bhith air a thoirt seachad le companaidhean adhair aig puirt-adhair HIAL.
  - A' cur mhodhan an sàs gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile roinn puirt-adhair iomchaidh cothrom air an dàta caitheamh a tha a dhith agus gun tèid a stòradh air an taobh a-staigh ann an aon àite sa mheadhan; agus

- A' toirt seachad trèanadh ùrachaidh air àrd-ùrlar bathar-bog seasmhachd Rio airson na h-ath ùine aithris do dh'Oifigearan Rianachd Port-adhair agus luchd-obrach eile a tha an sàs sa phròiseas cruinneachadh dàta mu ar lorg carboin.

4. Cha do lorg an t-ath-sgrùdadh dàta mearachdan subsbainteach no dearmad sam bith nach gabhadh obrachadh a-mach bhon dàta riatanach.

### Co-dhùnadh

Stèidhichte air sgrùdadh air na pròiseasan agus na modhan-obrach a chaidh a chleachdadh, ach a-mhàin cuid de chonnadh còmhdaidh is teasachaidh treas-phàrtaidh a tha air am mineachadh san roinn dòigh-obrach, chan eil fianais sam bith ann nach eil dàta GHG 2020/21 ceart no nach eil e na riochdachadh cothromach de dhàta agus fiosrachadh HIAL.

Tha Ricardo Energy and Environment a' moladh gun dèan HIAL dearbhadh GHG eile ann an 12 mìosan eile agus gun dèan e measadh cunbhalach air an dàta àrainneachdail aige.

### Neo-eisimeileachd agus comas

Tha Ricardo Energy and Environment air aon de na prìomh chompanaidhean comhairleachaidh lùth agus atharrachadh cliomaid san t-saoghal, le còrr is 1,000 eòlaiche le cliù eadar-nàiseanta le eòlas sònraichte ann a bhith a' tabhann comhairle neo-eisimeileach agus seirbheisean sgrùdaidh ann an raointean lùth, càileachd adhair, èifeachdas ghoireasan, còmhdaidh, seasmhachd agus eaconamas. Tha na h-eòlaichean aige air a bhith an sàs ann an leasachadh teicnigeach agus leasachadh poileasaidh cruth-atharrachail thairis air spectram na h-àrainneachd airson nan 40 bliadhna a dh'fhalbh, agus tha iad fhathast fìor chudromach mar chomhairliche do riaghaltasan, luchd-dèanamh poileasaidh agus prìomh chorporaidean.

### Dligheachd na h-aithris

Tha an aithris seo dligheach airson an GHG agus airson lèirmheas dearbhaidh an dàta àrainneachdail, airson an àm eadar 1 Giblean 2021 agus 13 Màrt 2022.

Chan eil Ricardo Energy and Environment a' gabhail ri uallach sam bith do threas phàrtaidh sam bith airson call no milleadh sam bith a thig bho mhineachadh a' mheasaidh, no bho bhith an eisimeil a' mheasaidh seo.




**James Broughton MICHemE**  
Àrd-chomhairliche  
Seasmhachd: Stiùireadh Lùths is Carboin  
james.broughton@ricardo.com  
+44 (0)1235 753 000

# Lorg Carboin

Tha an lorg carboin againn na àireamhachadh de na h-eimiseanan gas taigh-glainne air an adhbharachadh mar thoradh air obair is gnìomhachd uile HIAL thar gach bliadhna.


## Stèidhichte air Margadh

Tha modh-obrach stèidhichte air a' mhargaidh a' nochdadh eimiseanan bho dhealan a cheannaich companaidhean. Tha HIAL air roghnachadh dealan a cheannach bho thùsan a tha 100% ath-nuadhachail.



## Stèidhichte air Àite

Tha modh-obrach stèidhichte air àite a' nochdadh nan eimiseanan cuibheasach de chleachdadh lùths bhon ghriod nàiseanta.



Tha na figearan uile stèidhichte air tCO<sub>2</sub> e (co-ionnan (e) ri tunnaichean (t) de charbon dà-ogsaid (CO<sub>2</sub>))



# Aithisg nan Stiùirichean

**Tha na stiùirichean a' foillseachadh na h-aithisg aca agus aithrisean ionmhais na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022.**

## Stiùirichean

B' iad na stiùirichean a bha air a' bhòrd sa bhliadhna gu 31 Màrt 2022, agus às dèidh sin:

Lorna Jack, MA, CA	Cathraiche	
Inglis Lyon, BSc (Hons) LLB	Manaidsear-stiùiridh	
Jamie Manson	Stiùiriche an Ionmhais	(Air fhadhadh 17/10/22)
Johanna Wallace, BSc (Hons) CA	Stiùiriche Ionmhais agus Coimeirsealta	(Leig i dheth a dreuchd 27/5/22)
James McLaughlan, Chartered MCIPD, MBA	Stiùiriche	(Leig e dheth a dhreuchd 28/2/2022)
Lynne Clow	Stiùiriche	(Air a fastadh 1/3/2022)
Eric Hollanders	Stiùiriche	
Wilhelmina Strachan CA (SA)	Stiùiriche	
Christopher Holliday	Stiùiriche	
Isabel Todenhofer	Stiùiriche	

## Stiùirichean a' faighinn barantas-diona treas-phàrtaidh

Tha na stiùirichean a' faighinn buannachd bho ullachaidhean barantas-diona ann an Artaigilean na Companaidh Bha an t-ullachadh seo, a tha na ullachadh barantas-diona mar a chaidh a mhineachadh ann an Achd nan Companaidhean 2006, an gnìomh tron bhliadhna ionmhais agus tha e an gnìomh fhathast. Cheannaich a' Chompanaidh àrachas fèicheanaidh airson nan stiùirichean agus chùm iad seo suas fad na bliadhna ionmhais.

## Neach-sgrùdaidh

Tha an luchd-sgrùdaidh fastaichte, Azets Audit Services air a ràdh gu bheil iad deònach cumail a' dol san dreuchd mar luchd-sgrùdaidh agus thèid moladh gun tèid an ath-fhadhadh a rèir earrainn 485 de dh'Achd nan Companaidhean 2006.

## Aithris an luchd-sgrùdaidh mu bhith a' foillseachadh fiosrachadh dhan luchd-sgrùdaidh

Tha liosta de na stiùirichean a bha nam ball den bhòrd nuair a chaidh aithisg nan stiùirichean aontachadh gu h-àrd. Às dèidh faighneachd de cho-Stiùirichean agus de Neach-sgrùdaidh na Buidhne, tha gach aon de na Stiùirichean a leanas a' daingneachadh na leanas:

- cho fad 's as fhiosrach agus as aithne gach stiùiriche, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith ann air nach eil fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird; agus
- tha gach stiùiriche air a h-uile ceum a ghabhail ris am biodh dùil reusanta a bhith mothachail mu fhiosrachadh sgrùdaidh buntainneach agus gus dearbhadh gu bheil neach-sgrùdaidh na Buidhne mothachail air an fhiosrachadh sin.

Mar òrdugh bhon Bhòrd



Inglis Lyon  
Rùnaire na Companaidh  
9 Samhain 2022

# Aithris air Riaghladh

## Facal-tòiseachaidh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm siostam in-smachd earbsach a chumail suas a tha a' cumail taic ri coileanadh amasan HIAL, fhad 's a thathar a' dìon nam maoinean is stòrasan poblach air a bheil mi cunntachail. Tha am Meòrachan do dh'Oifigearan Cunntachail aig Buidhnean Poblach eile a' cur nan dleastanasan seo an cèill.

Is e adhbhar na h-Aithris air Riaghlaidh a bhith a' mineachadh cruth agus eagrachadh nan structaran riaghlaidh aig HIAL agus mar a tha iad a' cumail taic ri coileanadh amasan HIAL. Tha e a' mineachadh nan structaran riaghlaidh, riaghladh riosgan agus pròiseasan in-smachd a bha an sàs ann an HIAL tron bhliadhna ionmhais 2021/22 agus ag aithris air a' mheasadh agam air èifeachdas nan ullachaidhean sin.


## Frèam Riaghlaidh

Tha frèam riaghlaidh HIAL stèidhichte air an reachdas agus air deagh riaghladh corporra a tha an gnìomh airson companaidh a tha leis an Riaghaltas. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' leantainn Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba (*Scottish Public Finance Manual – SPFM*).

Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh an SPFM gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean ceangailte eile air làimhseachadh iomchaidh airson nam maoinean poblach. Tha e air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri riatanasan reachdail agus pàrlamaideach, a' brosnachadh luach an airgid agus irean àrda de dh'ionracas agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cunntachalachd èifeachdach agus deagh shiostaman in-smachd ann.

Mar bhuidheann a tha maoinichte le Riaghaltas na h-Alba, tha an stiùireadh anns an SPFM a' buntainn ruinn.

Tha an diagram a leanas a' sealltainn an structar riaghlaidh aig an àm seo



# Aithris air Riaghladh

## Am Bòrd

Bidh am Bòrd a' stèidheachadh ro-innleachd gnìomhachais na buidhne, a' toirt fa-near do phoileasaidh ainmichte Ministearan na h-Alba gus leasachadh eaconamach is sòisealta a bhrosnachadh anns na sgìrean air am bi HIAL a' frithealadh. Tha uallach coitcheann air a' Bhòrd gus siostam seasmhach de riaghladh corporra agus in-smachd a chumail suas a bheir taic do choileanadh poileasaidhean, agus amasan Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta agus a tha cuideachd a' dìon airgead agus maoin poblach. Tha dleastanas a' Bhùird air a cur an cèill anns an Sgrìobhainn Frèam-obrach eadar Riaghaltas na h-Alba agus HIAL, a thèid ùrachadh ann an 2022. Tha e an urra ri Bòrd HIAL ceannardas, stiùireadh, taic agus comhairle a thoirt seachad dhan Chompanaidh, agus cuideachd a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil HIAL a' libhrigeadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus a rèir amasan, poileasaidhean agus prìomhachasan Ministearan na h-Alba.

Tha buill Bòrd HIAL air am fastadh le Ministearan na h-Alba agus tha uallach coitcheann orra airson a bhith a' ruith ghnòthaichean HIAL mar as còir. Gheibh buill làn chothrom, ann an deagh àm, air an fhiosrachadh uile a tha a dhith orra gus an obair aca a dhèanamh gu h-èifeachdach.

Bha ochdnar bhall air a' Bhòrd airson 2021/22. Is iad na h-ochdnar bhall an cathraiche neo-ghnìomhach, am manaidsear-stiùiridh gnìomhach, an stiùiriche ionmhais gnìomhach agus còignear stiùirichean neo-ghnìomhach. Tha clàr soilleir de chùisean glèidhte aig a' Bhòrd agus sgeama tiomnaidh soilleir dhan manaidsear-stiùiridh, stiùiriche ionmhais agus buill eile den sgioba gnìomh. Thèid a h-uile cùis chudromach a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha glèidhte dhan Bhòrd a thoirt dhan Bhòrd aig na coinneamhan aca airson beachdachadh agus aontachadh. Bidh am Bòrd a' coinneachadh timcheall air gach sia seachdainean, le coinneamhan fòn a bharrachd nuair a bhios feum air seo. Chithear làithreachd buill a' Bhùird airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022 anns a' chlàr gu h-ìosal. Bidh buill a' Bhùird a' cur an cèill an com-pàirtean gach bliadhna agus tron bhliadhna nuair a bhios atharrachaidhean ann, agus tha clàran gan cumail.

## Covid-19

Bhon Mhàrt 2022, bha planaichean èiginn agus ceumannan lasachaidh Covid a bharrachd a chaidh a chur an gnìomh thairis air na 11 puirt-adhair aig HIAL fhathast an sàs. B' e am prìomhachas leantainneach againn, a bhith a' dìon ar luchd-siubhail agus co-obraichean, a' lughdachadh sgaoileadh a' bhiorais agus a' cur an comas cumail suas nan seirbheisean adhair riatanach agus loidhne-teasairginn airson nan còimhearsnachdan againn.

Ann an 2021/22 nuair a bhathar a' lughdachadh chuingealachaidhean agus nuair a thill àbhaisteachd gu ìre, ghluais am fòcas againn gu taic agus ath-shlànachadh, agus gus ar com-pàirtichean companaidh-adhair a chuideachadh gus clàran-ama ath-thòiseachadh a chaidh a chur dhan dàrna taobh tron ghalair lèir-sgaoilte.

Tron bhliadhna chùim sinn oirnn a' measadh an raon de cheumannan a bha an sàs gus dèanamh cinnteach gun deach an atharrachadh an co-rèir ri diofar riaghailtean an Riaghaltais, agus lagachadh nan cuingealachaidhean agus riathanasan.

Bha an structar riaghlaidh a chaidh a chur air dòigh airson freagairt ri Covid agus airson ar ath-bheothachadh gu h-èifeachdach às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte fhathast an gnìomh air 31 Màrt 2022.

Fhuair Bòrd HIAL agus Còmhdhail Alba ùrachaidhean cunbhalach mu ro-innleachd agus planadh COVID HIAL tron bhliadhna.

# Aithris air Riaghladh

## An Neach-measaidh

Faodaidh neach-measaidh air fhastadh le Riaghaltas na h-Alba a bhith an làthair aig coinneamh sam bith aig a' chompanaidh no a stiùiridhean ach chan fhaod i/e bhòtadh.

## Comataidh Sgrùdaidh

Tha am Bòrd air Comataidh Sgrùdaidh a stèidheachadh le cumhachan ionraidh aontaichte gus comhairle a thoirt dha air freagarrachd nan ullachaidhean airson riaghladh riosgan, in-smachd agus cùisean riaghlaidh, a' gabhail a-steach gèilleadh ri Leabhar-làimhe SPFM.

Bidh a' chomataidh a' faighinn aithisgean cunbhalach bho luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh agus a' cumail sùil air a' chlàr riosgan corporra a bhios an sgioba gnìomh a' toirt dhith. Tha e a' cumail sùil air gèilleadh ri reachdas agus riaghailtean. Bidh a' chomataidh ag aithris dhan Bhòrd às dèidh gach coinneimh, air cùisean co-cheangailte ri riosgan agus gèilleadh. Chithear làithreachd buill na Comataidh Sgrùdaidh airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022 anns a' chlàr gu h-ìosal. Tron bhliadhna, bha trìuir stiùirichean neo-ghnìomhach air a' chomataidh, le aonan aca mar chathraiche. Bithear a' toirt cuireadh dhan Mhanaidsear-stiùiridh agus dhan stiùiriche-ionmhais a bhith an làthair aig coinneamhan.

Ainm	Comataidh Sgrùdaidh			Bòrd HIAL			Bòrd DAL		
	Dreuchd	Cùmte	An Làthair	Dreuchd	Cùmte	An Làthair	Dreuchd	Cùmte	An Làthair
Lorna Jack	N/A	N/A	N/A	Cathraiche	12	12	Cathraiche	6	6
Jim McLaughlin	Ball NXD dh'fhàg e 28/2/22	5	3	Ball NXD	10	10	Ball NXD dh'fhàg e 28/2/22	5	4
Inglis Lyon	An làthair	6	6	Ball MD	12	12	Ball MD	6	6
Johanna Wallace	An làthair	6	6	Ball FD	12	12	Ball FD	6	6
Eric Hollanders bho 08/12/21	Ball NXD	2	2	Ball NXD	12	12	Ball NXD	6	6
Wilhelmina Strachan	Cathraiche	6	6	Ball NXD	12	11	Ball NXD	6	5
Isabel Todenhofer	Ball NXD bho 28/02/22	1	1	Ball NXD	12	12	Ball NXD	6	6
Chris Holliday	Ball NXD gu 08/12/21	4	4	Ball NXD	12	12	Ball NXD	6	6
Lynne Clow	N/A	N/A	N/A	Ball NXD Chaidh a fastadh 1/3/22	2	2	Ball NXD Chaidh a fastadh 1/3/22	1	1
Greg Colgan	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	N/A	Ball NXD	6	6



# Aithris air Riaghladh

## In-sgrùdadh

Tha obair an in-sgrùdaidh a' cuimseachadh air raointean a tha air an comharrachadh tro mhion-sgrùdadh air ire a' chunnairt agus a rèir a' phlana in-sgrùdaidh air an deach beachdachadh agus a chaidh aontachadh leis a' chomataidh sgrùdaidh. Bidh a' chomataidh sgrùdaidh a' neartachadh neo-eisimeileachd agus luach an in-sgrùdadh agus a' toirt seachad fòram do dh'àrd-stiùirichean gus beachdachadh air in-smachd a' gabhail a-steach cùisean a chaidh a thogail le in-sgrùdadh. Tha am foincsean in-sgrùdaidh air a choimiseanadh bhon taobh a-muigh a tha a' toirt seachad fianais neo-eisimeileach a bharrachd mu na smachdan.

Rinneadh in-sgrùdadh air seachd raointean den bhuidhinn ann an 2021/22, a tha air am mineachadh sa chlàr gu h-ìosal. Thàinig co-dhùnadh 'lag' bhon ath-sgrùdadh air rèiteachaidhean solarachaidh agus fhuaradh grunn mholaidhean àrd-ìre bhon sgrùdadh air an t-Siostam Riaghlaidh Trafaig Adhair.

Tha ceumannan an sàs gus dèiligeadh ris na puingeann a chaidh a thogail mu rèiteachaidhean solarachaidh, a' gabhail a-steach a bhith a' fastadh barrachd luchd-obrach san sgioba solarachaidh. Tha Pròiseact Riaghladh Trafaig Adhair air tighinn gu crìch bhon uair sin agus tha an iar-sgrùdadh airson 2021/22 air gabhail àite a-nis.

In-sgrùdaidhean a chaidh a dhèanamh ann an 2021/22		
Raon	Inbhe	Co-dhùnadh San fharsaingeachd
Solarachadh	Coileanta	Lag
Mothachadh agus smachdan foill	Coileanta	Susbainteach
Cunntasachd Calpa	Coileanta	Làidir
Planadh Leantainneachd Gnìomhachais	Coileanta	làidir
Riaghladh Chunnartan	Coileanta	Làidir
Dion Dàta/Riaghladh Fiosrachaidh	Coileanta	Susbainteach
Lèirmheas Sònraichte – Riaghladh ATMS agus Riaghladh Ionmhais	Coileanta	Lag

In-sgrùdaidhean a chaidh a chur dheth ann an 2021/22		
Raoin	Inbhe	Adhair
Lèirmheas leantainneach	Air a chur dheth	Chaidh d' fhuair HIAL fiosrachadh mar thoradh air dìth luchd-obrach, air a dhèanamh san Lùnastal 2022
Leasachadh Gnothachais	Air a chur dheth	Air sgàth luchd-obrach
Lèirmheas air Siostam Ionmhais ùr agus Siostam Riaghlaidh Puirt-adhair	Air a chur dheth	air sgàth dàil le bhith a' dol beò le siostaman, chaidh ath-sgrùdadh Dion Dàta / Riaghladh Fiosrachaidh a chur na àite
ATMS – Stiùireadh Pròiseict	Air a chur dheth	Làithean air an cleachdadh airson ath-sgrùdadh sònraichte air Riaghladh agus Riaghladh Ionmhais ATMS
ATMS – Riaghladh Chumhnantan	Air a chur dheth	Làithean air an cleachdadh airson ath-sgrùdadh sònraichte air Riaghladh agus Riaghladh Ionmhais ATMS

## Adhbhar Siostam an In-smachd

Tha an siostam in-smachd air a dhealbhadh gus riosgan nach tèid poileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a choileanadh a lùghdachadh seach a bhith a' cur às do gach cunnart. Mar sin, chan urrainn dha ach dearbhadh reusanta a thoirt seachad, seach làn ghealltanais gum bi làn èifeachdas ann.

Tha e na amas leis an t-siostam cuideachadh le bhith a' coileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne agus measadh a dhèanamh air nàdar agus meud

nan cunnartan, agus chaidh an siostam a dhealbhadh gus rian a chumail orra gu h-èifeachdach, gu buadhach is gu caomhantach.

Tha am pròiseas seo a' dol a rèir Leabhran Ionmhais Poblach na h-Alba agus tha am pròiseas air a bhith ga chur an sàs airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2022 agus suas chun a' chinn-latha a chaidh an aithisg bhliadhnail agus cunntasan aontachadh.

# Aithris air Riaghladh

## Frèam Chunnartan is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha tighinn fo riatanasan Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd rianachd riosgan a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh iomchaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba. Chithear san SPFM na prionnsapalan coitcheann airson ro-innleachd shoibheachail a chur an sàs gus rian a chumail air cunnartan. Tha gach raon de chunnart na buidhne air a riaghladh tron Bhuidheann Sgrùdaidh Cunnairt agus an àrd-sgioba riaghlaidh a bhios ag aithris tron Chomataidh Sgrùdaidh, gu bùird HIAL, DAL agus AMSL (a' Bhuidheann).

Tha Bòrd na Buidhne, tron Mhanaidsear-stiùiridh, an urra ri riaghladh riosgan iomlan a' ghnìomhachais ach chaidh uallach airson raointean riaghlaidh riosg sònraichte a thiomnadh do stiùirichean agus manaidsearan fa leth.

Tha na cumhachan iomraidh airson na Buidhne Sgrùdaidh Cunnairt mar a leanas:

- A bhith a' comharrachadh riosgan a tha ùr no a' tighinn am bàrr (a' gabhail a-staigh chothroman) a tha mu choinneimh na Buidhne agus a h-obraichean
- Dèan cinnteach gu bheil cunnartan mòra air an riaghladh gu h-èifeachdach tron ghnìomhachas air fad le bhith ag ath-sgrùdadh clàr riosgan na Buidhne agus ga ùrachadh mar as iomchaidh, a' toirt aire do ire riosgan na Buidhne
- Cuir riosgan an àirde do Bhòrd HIAL agus do dh'aonad Sponsaireachd Riaghaltas na h-Alba mar as iomchaidh.
- Co-òrdanaich gnìomhan tar-ghnìomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil smachdan èifeachdach, èifeachdail air an cruthachadh agus air an cumail suas
- Dèan lèirmheas air in-smachdan taobh a-staigh na Buidhne agus comharraich beàrn sam bith
- Dèan lèirmheas air gnìomhan rianachd riosg agus sàbhailteachd taobh a-staigh na Buidhne agus comharraich beàrn sam bith
- Mol leasachaidhean air modhan agus pròiseasan gus an cleachdadh gnìomhachais as fheàrr a shealltainn agus gus feumalachdan a' ghnìomhachais a choileanadh
- Cuir taic ri agus dèan lèirmheas air planaichean leantainneachd is ath-bheothachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an gnìomhachas ath-leumach ann an suidheachadh sam bith i.e. tro phlanaichean leantainneachd gnìomhachais, planaichean airson galaran lèir-sgaoilte is msaa.;
- Comharraich treandan cumanta a tha ag èirigh bho sgrùdaidhean a-staigh/a-muigh, bho sgrùdadh thachartasan, leasan a chaidh ionnsachadh is msaa agus cuir air adhart molaidhean airson gnìomhan iomchaidh
- Brosnaich seilbh air uallach corporra a thaobh riaghladh riosgan
- Cuir air adhart iomairtean riaghlaidh riosgan taobh a-staigh a' ghnìomhachais
- Co-roinn fios mu riosg agus co-roinn deagh chleachdadh
- Cum sùil air agus dèan measadh air trèanadh mu riaghladh chunnartan
- Dèan gnìomhan sònraichte mar a thèid iarraidh le bùird na Buidhne.


## Siostaman rianachd sàbhailteachd

Tha an siostam na fhèam-obrach làidir airson riaghladh sàbhailteachd taobh a-staigh a' ghnìomhachais. Thathar a' brosnachadh gach neach-obrach a bhith ag obair taobh a-staigh an fhèam-obrach agus a bhith ag obair leis na diofar sgiobaidhean riaghlaidh gu piseach a thoirt air an fhèam-obrach far a bheil sin riatanach.

Tha dleastanas oirnn uile a bhith ag obair ann an dòigh shàbhailte. Tha cleachdadh shiostaman riaghlaidh sàbhailteachd adhair deatamach anns an obair adhair uile againn leis an amas na h-irean sàbhailteachd as àirde a ruigsinn. Ni sinn cinnteach gun tèid na h-irean seo a chumail daonnan tro thrèanadh cunbhalach le solaraichean a-staigh agus a-muigh.

## Àrainneachd Smachd

Thathar a' meas luchd-obrach comasach sgileil mar phàirt riatanach den àrainneachd smachd. Tha trèanadh agus leasachadh luchd-obrach agus irean fastaidh làidir a' cumail taic ris na h-irean giùlain as àirde.



Inglis Lyon  
Manaidsear-stiùiridh  
9 Samhain 2022

# Aithisg air uallaichean nan stiùirichean

**Tha e an urra ris na Stiùirichean an Aithisg Ro-innleachdail, Aithisg nan Stiùirichean agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir nan laghan is riaghailtean buntainneach.**

A rèir lagh companaidh, feumaidh na stiùirichean aithris ionmhasail ullachadh airson gach bliadhna ionmhais. Fon lagh sin tha na stiùirichean air roghnachadh aithrisean ionmhais ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta ris an deach gabhail san RA (IAS ris an deach gabhail san RA). Fo lagh nan companaidhean, chan fhaod na stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail aontachadh mur eil iad sàsaichte gu bheil iad a' toirt seachad sealladh fìor is cothromach de shuidheachadh na Buidhne is na companaidh agus de phrothaid no call na Buidhne airson an àm sin.

Tha e an urra ris na Stiùirichean clàran cunntasachd iomchaidh a chumail a tha freagarrach gus gnòthaichean na buidhne agus na companaidh a shealltainn agus a mhineachadh agus a bhith a' foillseachadh suidheachadh ionmhasail na buidhne agus na companaidh a tha pongail gu leòr aig àm sam bith agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-aithrisean ionmhais a' gèilleadh ri Achd nan Companaidhean 2006. Tha iad cuideachd an urra ri bhith a' dìon so-mhaoin na buidhne agus na companaidh agus mar sin tha iad an urra ri bhith a' gabhail cheumnanan reusanta gus foill agus neo-chunbhalachdan eile a bhacadh is a lorg.

## Agus iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail seo, feumaidh na stiùirichean:

- poileasaidhean cunntasachd iomchaidh a thaghadh agus an uair sin an cur an sàs gu cunbhalach
- breithneachaidhean agus tuairmsean a dhèanamh a tha reusanta agus ciallach
- comharrachadh an deach inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta iomchaidh a leantainn le ùmhlachd do sheachranachd susbainteach sam bith a bhith air a foillseachadh agus air a mineachadh anns na h-aithrisean ionmhais
- na h-aithrisean ionmhais ullachadh air stèidh gun cùm a' bhuidheann a' dol ach a-mhàin mura h-eil e iomchaidh a bhith den bheachd gun cùm a' bhuidheann a' dol mar ghnìomhachas.



# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Beachd

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta ("a' chompanaidh phàrantach") agus a fo-chompanaidhean ("a' bhuidheann") airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022. Tha iad seo a' gabhail a-steach Aithris Teachd a-steach na Buidhne, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Duilleag Cothromachaidh na Buidhne is na Companaidh, Aithris na Buidhne agus na Companaidh air Sruthan Airgid, agus nòtaichean mu na h-aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach gearr-chunntas de phoileasaidhean cunntasachd cudromach. Tha am frèam airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh an lagha agus Inbhean Eadar-nàiseanta airson Aithrisean Ionmhasail (IFRSs) ris an do ghabh an Rìoghachd Aonaichte, agus, a thaobh nan aithrisean ionmhasail, a rèir Achd nan Companaidhean 2006.

### Nar beachd:

- tha na h-aithrisean ionmhasail a' toirt seachad sealladh fìor is cothromach de shuidheachadh na buidhne is na companaidh phàrantach air 31 Màrt 2022 agus de chall na buidhne airson na bliadhna a thàinig gu crìch an uair sin
- tha aithrisean ionmhasail na buidhne air an ullachadh gu ceart a rèir IFRSan mar a chaidh aontachadh leis an Rìoghachd Aonaichte;
- tha aithrisean ionmhasail na companaidh pàrantaich air an ullachadh gu ceart a rèir IFRSan mar a chaidh aontachadh leis an Rìoghachd Aonaichte agus a rèir ullachaidhean Achd nan Companaidhean 2006; agus
- tha na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh a rèir riathanasan Achd nan Companaidhean 2006.

## Bun-stèidh ar Beachd

Tha sinn air an sgrùdadh againn a dhèanamh a rèir laghan iomchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)). Tha tuilleadh mineachaidh air ar dleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg againn le fios air dleastanasan an Luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeilich gun cheangal ris a' bhuidhinn no ris a' chompanaidh phàrant a rèir nan riathanasan beusail a bhineas ris na sgrùdaidhean a nì sinn air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach Inbhe Bheusail an FRC, agus tha sinn air ar dleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riathanasan sin. Tha sinn den bheachd gun d' fhuair sinn fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gun taic a thoirt dhan bheachd a ghabh sinn.

## Co-dhùnaidhean co-cheangailte far a bheilear a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol

Tha sinn air co-dhùnadh gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, chan eil sinn air mì-chinnteach susbainteach a chomharrachadh a thaobh tachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn no aig a' chompanaidh phàrantaich gun cumail orra, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nan stiùirichean a thaobh a' bhuidheann a bhith a' cumail a' dol air am mineachadh anns na h-earrannan iomchaidh den aithisg seo.



# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Fiosrachadh eile

Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh anns an aithisg Ionmhasail, a bharrachd air na h-aithrisean ionmhasail agus beachdan an luchd-sgrùdaidh orra. Tha na stiùirichean an urra ris an fhiosrachadh eile a tha anns an aithisg bhliadhnail. Chan eil ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail a' coimhead air an fhiosrachadh eile agus chan eil sinn a' cur an cèill co-dhùnadh barrantachaidh sam bith air sin ach chun na h-ìre 's gu bheil e ag ràdh an caochladh gu soilleir san aithisg againn. Tha e mar dhleastanas oirnn am fiosrachadh eile a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean subsainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no a bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir sinn an aire do leithid a nithean neo-chunbhalach subsainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach ann, bidh againn ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma nì sinn co-dhùnadh, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gu bheil mì-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithris a dhèanamh air sin.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh sin.

## Fiosrachadh air nithean eile mar a tha riatanach fo Achd nan Companaidhean 2006

Nar beachd-ne, stèidhichte air an obair a rinn sinn san sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh anns an Aithris Ionmhasail agus ann an Aithisg nan Stiùirichean airson na bliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail a chruthachadh a rèir nan aithrisean ionmhasail; agus
- gun deach an aithisg ro-innleachdail agus aithisg nan stiùirichean ullachadh a rèir riatanasan laghail a tha an sàs.

## Cùisean air am feum sinn aithris a dhèanamh mura tachair iad

Leis an eòlas agus tuigse againn air a' bhuidhinn agus a' chompanaidh phàrantaich agus a h-àrainneachd a fhuairadh rè an sgrùdaidh, chan eil sinn air mì-aithrisean subsainteach a chomharrachadh anns an aithisg ro-innleachdail no aithisg nan stiùirichean.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh nan cùisean a leanas far a bheil Achd nan Companaidhean 2006 ag iarraidh oirnn cunntas a thoirt dhuibh ma tha na leanas fìor, nar beachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail leis a' chompanaidh phàrantaich, no nach d' fhuaras freagairtean iomchaidh airson an sgrùdaidh againn bho mheuran air nach do thadhail sinn; no
- far nach eil aithrisean ionmhais na companaidh a rèir nan clàraidhean no aithrisean cunntasachd; no
- far nach deach tuarastal nan stiùirichean fhoillseachadh ann an suidheachaidhean far am feumadh seo a dhèanamh a rèir reachdais; no
- nach d' fhuair sinn am fiosrachadh is na mineachaidhean uile a dh'fheumas sinn airson an sgrùdaidh.

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

## Dleastanasan nan stiùirichean

Mar a chaidh a mhineachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan nan Stiùirichean air taobh-duilleig 33, tha e an urra ris na stiùirichean na h-aithrisean ionmhasail ullachadh agus feumaidh iad a bhith riarachta gun toir iad sealladh fìor is cothromach, agus tha uallach orra cuideachd gus na modhan in-smachd a tha iad a' meas iomchaidh a chur an sàs, a ni cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail anns nach eil mi-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air na stiùirichean measadh a dhèanamh air comas na buidhne cumail a' dol, agus airson a bhith foillseachadh, mar a bhios e iomchaidh, cùisean co-cheangailte ri cleachdadh na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura bheil na stiùirichean an dùil a' bhuidheann no a' chompanaidh phàrantach a sgaoileadh no a bhith a' sgrùdadh, no mur eil roghainn eile aca ach gus sin a dhèanamh.

## Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhuinn a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta againn nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail bonntaichte, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus Aithisg Luchd-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir sinn seachad ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach ach chan eil sin na ghealltanais, ma tha mi-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mi-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhi-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaconamach a ni luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail bonntaichte seo.

Tha tuairisgeul de na dleastanasan againn ri fhaighinn air làrach-lìn an FRC aig:

[www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities](http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities).

Tha am mineachadh seo na phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh.



Port-adhair Dhùn Dè

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta

**An ire is gun robhar den bheachd gun robh an sgrùdadh comasach air neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill, a lorg**

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhadh sinn na dòighean-obrach againn a rèir nan dleastanasan a tha air am mineachadh gu h-àrd, agus air làrach-lìn Comhairle Aithris an Ionmhais gus mi-aithrisean subsainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill.

Bidh sinn a' faighinn agus ag ùrachadh ar tuigse air a' bhuidhinn, a ghnìomhachdan, an àrainneachd smachd aice, agus leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd, a' gabhail a-steach a thaobh frèam laghail is riaghlaidh iomchaidh agus mar a tha a' bhuidheann a' cumail ris an fhrèam sin. Stèidhichte air an tuigse seo, bidh sinn a' comharrachadh agus a' measadh chunnartan mi-aithris subsainteach anns na h-aithrisean ionmhais, co-dhiù tha iad air sgàth foill no mearachd, agus dealbhadh agus coileanadh sinn modhan sgrùdaidh le uallach airson nan cunnartan sin, agus gheibh sinn fianais sgrùdaidh a tha iomchaidh gus bunait a thoirt seachad airson ar beachd. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith beachdachadh air a' chunnart gun dèan a' bhuidheann gnìomhan a tha an aghaidh an lagh agus riaghailtean iomchaidh, a' gabhail a-steach foill.

Mar fhreagairt do na cunnartan gum biodh neo-riaghailteachdan agus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean ann, a' gabhail a-steach foill, dhealbhaich sinn modhan a bha a' gabhail a-steach:

- Ceistean do luchd-stiùiridh agus an fheadhainn air a bheil uallach airson riaghladh a thaobh cùisean-lagha a tha ann, no a dh'fhaodadh a bhith ann, agus tagraidhean a bharrachd air foill a tha fìor, amharas mu fhoill agus casaidean foill;
- A' sgrùdadh nan geàrr-chunntasan aig coinneamhan aig an fheadhainn a bha an urra ri riaghladh
- A' measadh na h-ire de ghèilleadh ris na laghan agus na riaghailtean a thathar a' meas a bheir buaidh shusbainteach dhìreach air na h-aithrisean ionmhais no gnìomhachd na buidhne tro rannsachadh is sgrùdadh;
- Ag ath-sgrùdadh fhoillseachaidhean ann an aithris ionmhais agus deuchainn air sgrìobhainnean taice gus gèilleadh ri laghan agus riaghailtean iomchaidh a mheasadh;
- A' dèanamh obair sgrùdaidh a thaobh cunnart claonadh luchd-riaghlaidh agus luchd-riaghlaidh a' seachnadh smachdan, a' gabhail a-steach deuchainn air inntigidhean sna leabhraichean ionmhais agus atharrachaidhean eile airson iomchaidheachd, a' luachadh adhbharan gnìomhachais aig tar-ghnìomhan cudromach taobh a-muigh cùrsa àbhaisteach a' ghnìomhachais agus ag ath-sgrùdadh tuairmsean cunntasachd airson comharran de chlaonadh sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann.

Air sgàth cuingealachaidhean gnèitheach le sgrùdaidh, tha cunnart ann nach lorg sinn a h-uile neo-riaghailteachd, a' gabhail a-steach an fheadhainn a dh'adhbharaicheas mi-aithris shusbainteach anns na h-aithrisean ionmhais no neo-ghèilleadh ri riaghailtean. Bidh an cunnart seo a' dol am meud mar as motha a thèid gèilleadh ri lagh no riaghladh a thoirt air falbh bho na tachartasan agus na gnòthaichean a tha air an nochdadh anns na h-aithrisean ionmhais, leis nach bi sinn cho dualtach a bhith mothachail air cùisean neo-ghèilleadh. Tha an cunnart a th' ann nach toirear an aire do mhi-aithris shusbainteach a dh'èireas bho fhoill nas motha na tha e airson mi-aithris a dh'èireas bho mhearachd, oir le foill dh'fhaodadh gum bi cealg-chòrdadh ann, fiosrachadh air fhàgail a-mach a dh'aona-ghnòthach, fallsaidheachd, claon-aithrisean, no gun lorg neach dòigh na modhan in-smachd a sheachnadh.

## **A' dèanamh feum den aithisg againn**

Tha an aithisg seo air a toirt do bhuill na companaidh a-mhàin, mar bhuidheann, a rèir Caibideil 3 de Phàirt 16 de dh'Achd nan Companaidhean 2006. Chaidh an obair sgrùdaidh againn a dhèanamh gus an innseadh sinn do bhuill na companaidh, mar bhuidheann, na cùisean sin a dh'fheumas sinn innse dhaibh ann an aithisg an neach-sgrùdaidh agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Chun na h-ire as motha a tha ceadaichte fon lagh, cha bhi sinn a' gabhail ri no a' gabhail os làimh uallach do dhuine sam bith ach a' chompanaidh agus buill na companaidh, mar bhuidheann, airson na h-obrach sgrùdaidh againn, airson na h-aithisg seo, no airson nam beachdan againn.

**Nick Bennett (Àrd-neach-sgrùdaidh Reachdail)**  
**Azets Audit Services, Luchd-sgrùdaidh Reachdail**  
**Exchange Place 3**  
**Sràid Sempìe**  
**Dùn Èideann**  
**EH3 8BL**



# Aithris air Teachd a-steach na Buidhne

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>Teachd a-steach</b>	3	<b>17,788</b>	8,999
Cosgais nan reicean		<b>(52,273)</b>	(41,665)
<b>Call iomlan</b>		<b>(34,485)</b>	(32,666)
Cosgaisean rianachd		<b>(7,196)</b>	(6,633)
Teachd a-steach eile	4	<b>39,975</b>	37,929
Buannachdan/(callaidhean) eile	6	<b>97</b>	(127)
<b>Call obrachaidh</b>	5	<b>(1,609)</b>	(1,498)
Cuibhreann den phrothaid/(call) anns a' cho-iomairt	12	<b>(18)</b>	62
Cosgaisean ionmhais	8	<b>(110)</b>	(7)
Cosgais ionmhais eile – peinnseanan	21	<b>(1,620)</b>	(1,146)
<b>Call bho ghniomhan leantainneach ro chisean</b>		<b>(3,357)</b>	(2,589)
Cosgais chisean	9	<b>-</b>	-
<b>Call bho ghniomhan leantainneach</b>		<b>(3,357)</b>	(2,589)

Tha na gnìomhan uile co-cheangailte ri obair leantainneach.

# Aithris na Buidhne air Teachd a-steach Iomlan

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>Call airson na bliadhna</b>		<b>(3,357)</b>	<b>(2,589)</b>
<b>Teachd a-steach iomlan eile:</b>			
Buannachd/(call) a rèir Clèireach-urrais	21	<b>30,649</b>	<b>(31,635)</b>
Cisean air nithean co-cheangailte ri eileamaidean de theachd a-steach iomlan eile		-	-
Teachd a-steach (cosgais) iomlan eile airson na bliadhna, às dèidh chisean		<b>30,649</b>	<b>(31,635)</b>
<b>Teachd a-steach iomlan/(cosgais) airson na bliadhna</b>		<b>27,292</b>	<b>(34,224)</b>

# Aithris na Companaidh air Teachd a-steach Iomlan

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>(Call)/prothaid airson na bliadhna</b>		<b>(1,108)</b>	<b>124</b>
<b>Teachd a-steach iomlan eile:</b>			
Buannachd/(call) a rèir Clèireach-urrais	21	<b>29,333</b>	<b>(30,865)</b>
Cisean air nithean co-cheangailte ri eileamaidean de theachd a-steach iomlan eile		-	-
Teachd a-steach (cosgais) iomlan eile airson na bliadhna, às dèidh chisean		<b>29,333</b>	<b>(30,865)</b>
<b>Teachd a-steach iomlan/(cosgais) airson na bliadhna</b>		<b>28,225</b>	<b>(30,741)</b>

# Aithris na Buidhne air atharrachaidhean ann an cothromas

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Calpa earrannan £000	Cosnadh a chumar £000	Earrannan uile £000
Air 1 Giblean 2020	50	(28,965)	(28,915)
(Call) sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan	-	(2,589)	(2,589)
Teachd a-steach iomlan eile	-	(31,635)	(31,635)
Mar a bha iad air 31 Màrt 2021	50	(63,189)	(63,139)

	Calpa earrannan £000	Cosnadh a chumar £000	Earrannan uile £000
Air 1 Giblean 2021	50	(63,189)	(63,139)
(Call) sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan	-	(3,357)	(3,357)
Teachd a-steach iomlan eile	-	30,649	30,649
<b>Mar a bha iad air 31 Màrt 2022</b>	<b>50</b>	<b>(35,897)</b>	<b>(35,847)</b>

# Aithris na companaidh air atharrachaidhean ann an cothromas

AIRSON NA BLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2022

	Calpa earrannan £000	Cosnadh a chumar £000	Earrannan uile £000
Air 1 Giblean 2020	50	(25,913)	(25,863)
Buannachd sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan	-	124	124
Teachd a-steach iomlan eile	-	(30,865)	(30,865)
Mar a bha iad air 31 Màrt 2021	50	(56,655)	(56,605)

	Calpa earrannan £000	Cosnadh a chumar £000	Earrannan uile £000
Air 1 Giblean 2021	50	(56,655)	(56,605)
(Call) sa bhliadhna mar thoradh air luchd-seilbh nan stocan	-	(1,108)	(1,108)
Teachd a-steach iomlan eile	-	29,333	29,333
<b>Mar a bha iad air 31 Màrt 2022</b>	<b>50</b>	<b>(28,430)</b>	<b>(28,380)</b>



# Duilleag Cothromachaidh na Buidhne

MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2022

Air ath-aithris

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>SO-MHAOINEAN</b>			
<b>So-mhaoinean neo-làithreach</b>			
Seilbh, uidheam is acfhainn	10	162,908	135,864
Tasgaidhean ann an seilbh	11	718	727
Tasgaidhean air an deach cunntas a dhèanamh tron dòigh-obrach cothromais	12	(41)	(22)
So-mhaoinean neo-shusbainteach iomlan	13	55	55
		163,640	136,624
<b>So-mhaoinean làithreach</b>			
Malairt is nithean eile a gheibhear	14	8,262	8,322
Clàran-seilbhe	15	149	175
Airgead is nithean co-ionann	16	6,661	3,589
		15,072	12,086
<b>So-mhaoinean iomlan</b>		<b>178,712</b>	<b>148,710</b>

## FÈICHEANASAN

### Fèicheanasan làithreach

Malairt is nithean eile a gheibhear	17	(16,654)	(15,743)
		(16,654)	(15,743)

### Fèicheanasan neo-làithreach

lasad	18	(4,074)	(4,127)
Easbaidh ann an sgeama peinnsein shochoirean suidhichte	21	(37,351)	(62,048)
Subsadaidhean dàilichte	19	(156,480)	(129,932)
		(197,905)	(196,106)
<b>Fèicheanasan iomlan</b>		<b>(214,560)</b>	<b>(211,849)</b>

## FÈICHEANASAN LOM

		(35,847)	(63,139)
--	--	----------	----------

## COTHROMAS

Earrainnean àbhaisteach	22	50	50
Cosnadh a chumar		(35,897)	(63,189)
		(35,847)	(63,139)

Thug Bòrd nan Stiùirichean aonta seachad gus na h-aithrisean ionmhasail seo fhoillseachadh air 9 Samhain 2022 agus chaidh an soidhneadh às an leth le:

Lorna Jack, MA, CA  
Cathraiche

Inglis Lyon, BSc (Hons) LLB  
Manaidsear-stiùiridh

# Duilleag Cothromachaidh na Companaidh

MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>SO-MHAOINEAN</b>			
<b>So-mhaoinean neo-làithreach</b>			
Seilbh, uidheam is acfhainn	10	153,074	126,255
Tasgaidhean ann an seilbh	11	718	727
Tasgaidhean	12	1,998	1,998
		155,790	128,979
<b>So-mhaoinean làithreach</b>			
Malairt is nithean eile a gheibhear	14	11,568	9,888
Clàran-seilbhe	15	116	162
Airgead is nithean co-ionann	16	6,360	3,162
		18,044	13,212
<b>So-mhaoinean iomlan</b>		<b>173,834</b>	<b>142,191</b>

## FÈICHEANASAN

### Fèicheanasan làithreach

Malairt is nithean eile a gheibhear	17	(15,997)	(14,939)
		(15,997)	(14,939)

### Fèicheanasan neo-làithreach

lasad	18	(4,074)	(4,127)
Easbhaidh ann an sgeama peinnsein shochoirean suidhichte	21	(35,541)	(59,459)
Subsadaidhean dàilichte	19	(146,602)	(120,271)
		(186,217)	(183,857)
<b>Fèicheanasan iomlan</b>		<b>(202,214)</b>	<b>(198,796)</b>

## FÈICHEANASAN LOM

		<b>(28,380)</b>	<b>(56,605)</b>
--	--	-----------------	-----------------

## COTHROMAS

Earrainnean àbhaisteach	22	50	50
Cosnadh a chumar		(28,430)	(56,655)
		(28,380)	(56,605)

Thug Bòrd nan Stiùirichean aonta seachad gus na h-aithrisean ionmhasail seo fhoillseachadh air 9 Samhain 2022 agus chaidh an soidhneadh às an leth le:

Lorna Jack, MA, CA  
Cathraiche

Inglis Lyon, BSc (Hons) LLB  
Manaidsear-stiùiridh

# Aithris air Sruth-airgid na Buidhne

MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>Sruthan airgid bho gnìomhan obrachaidh</b>			
Airgead air a thogail bho gnìomhan	23	3,754	3,107
Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach		(37,422)	(23,797)
Maoin bho bhith a' reic seilbh, uidheam is acfhainn		468	127
Subsadaidh calpa a fhuaradh		36,198	20,246
Cis air a phàigheadh		-	-
<b>Sruth-airgid iomlan bho gnìomhachdan obrachaidh</b>		<b>(2,998)</b>	<b>(317)</b>
<b>Sruthan-airgid bho gnìomhachdan tasgaidh</b>			
Àrdachadh san iasad do cho-iomairt		(25)	(26)
<b>Sruth-airgid lom bho gnìomhachdan tasgaidh</b>		<b>(25)</b>	<b>(26)</b>
<b>Sruthan-airgid bho gnìomhachd maoineachaidh</b>			
lasad a fhuaradh		1,346	715
lasad air a phàigheadh air ais		(1,137)	-
Lios ionmhasail air pàigheadh air ais		-	(96)
Riadh a (chaidh a phàigheadh)/a fhuaradh		(110)	(7)
<b>Sruth-airgid lom bho gnìomhachdan maoineachaidh</b>		<b>99</b>	<b>612</b>
<b>Meudachadh lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead</b>		<b>3,071</b>	<b>269</b>
<b>Airgead is suimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna</b>		<b>3,589</b>	<b>3,320</b>
<b>Airgead is suimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna</b>		<b>6,661</b>	<b>3,589</b>

# Aithris air Sruth-airgid na Buidhne

MAR A BHA E AIR 31 MÀRT 2022

	Nòtaichean	2022 £000	2021 £000
<b>Sruthan airgid bho gnìomhan obrachaidh</b>			
Airgead air a thogail bho gnìomhan	23	3,778	1,137
Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach		(35,918)	(22,405)
Maoin bho bhith a' reic seilbh, uidheam is acfhainn		115	47
Subsadaidh calpa a fhuaradh		35,154	18,870
Cis air a phàigheadh		-	-
<b>Sruth-airgid iomlan bho gnìomhachdan obrachaidh</b>		<b>3,129</b>	<b>(2,351)</b>
<b>Sruthan-airgid bho gnìomhachdan tasgaidh</b>			
Àrdachadh san iasad do cho-iomairt		(25)	(26)
<b>Sruth-airgid lom bho gnìomhachdan tasgaidh</b>		<b>(25)</b>	<b>(26)</b>
<b>Sruthan-airgid bho gnìomhachd maoinachaidh</b>			
lasad a fhuaradh		1,339	2,360
lasad air a phàigheadh air ais		(1,137)	-
Lios ionmhasail air pàigheadh air ais		-	-
Riadh a chaidh a phàigheadh		(108)	(7)
<b>Sruth-airgid lom bho gnìomhachdan maoinachaidh</b>		<b>94</b>	<b>2,353</b>
<b>Meudachadh lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead</b>		<b>3,198</b>	<b>(24)</b>
<b>Airgead is suimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna</b>		<b>3,162</b>	<b>3,186</b>
<b>Airgead is suimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna</b>		<b>6,360</b>	<b>3,162</b>



# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 1. Ùghdarrachadh nan aithrisean ionmhais agus aithris gèillidh a thaobh IFRSan

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta agus na fo-chompanaidhean aige (A' Bhuidheann) airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022 ùghdarrachadh airson foillseachadh le bòrd nan stiùirichean air 7 Dàmhair 2022 agus chaidh an Duilleag Cothromachaidh a shoidhnigeadh às leth a' Bhùird le Lorna Jack agus Inglis Lyon.

Chaidh aithrisean ionmhais na Buidhne ullachadh a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta ris an deach gabhail san RA (IAS ris an deach gabhail san RA). Mar thoradh air an RA a bhith a' fàgail an AE, tha Riaghailtean Inbhean Cunntasachd Eadar-nàiseanta agus Companaidh Buailteachd Poblach Eòrpach Earranta (Atharrachadh msaa) (A' Fàgail an AE) 2019 (IR 2019/685) a' toirt air a h-uile companaidh le amannan cunntasachd a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2021 IAS mar a chaidh gabhail ris san RA a chur an sàs. Anns a' bhliadhna roimhe, chuir a' chompanaidh Inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta an sàs mar a chaidh gabhail riutha san Aonadh Eòrpach (IFRS ris an deach gabhail san AE). Chan eil coimeasan na bliadhna roimhe air an ath-aithris airson an atharrachadh seo. Air 1 Faoilleach 2021 bha IAS a chaidh gabhail ris leis an RA agus IFRS a chaidh gabhail ris leis an AE co-ionann. Bhon cheann-latha seo tha eadar-dhealachaidhean air èirigh, ach cha bhiodh feum air atharrachadh sam bith air na h-aithrisean ionmhais sin nam biodh iad gu bhith air an ullachadh a rèir IFRS mar a chaidh a ghabhail ris leis an AE mar a bha e air 31 Màrt 2022.

Tha prìomh phoileasaidhean cunntasachd na Buidhne air am mineachadh ann an nòta 2.

### 2.1 Poileasaidhean Cunntasachd

#### (a) Modh ullachaidh

Chaidh na cunntasan seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil, gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air seilbh, agus air sgeama peinnein shochoirean suidhichte aig luach chothromach.

Tha na h-aithrisean ionmhais co-dhaingnichte air an toirt seachad ann an Sterling agus tha gach luach air an cruinneachadh dhan mhìle as fhaisg (£000) ach a-mhàin nuair a thèid an caochladh a ràdh. Tha a' Chompanaidh air a saoradh bhon riatanas gus cunntas prothaid is call fa leth a chur a-steach fo earrann 408 de dh'Achd nan Companaidhean 2006.

#### (b) Buidheann a tha a' cumail a' dol

Tha stòrasan ionmhais gu leòr aig a' bhuidhinn, agus tha i fhathast a' faighinn subsadaidh obrachaidh bho Riaghaltas na h-Alba, airson a bhith a' leantainn air adhart le gnìomhachd aig na 11 puirt-adhair aice. Tha dùil reusanta aig na stiùirichean gu bheil stòrasan gu leòr aig a' Chompanaidh agus a' Bhuidheann gus leantainn air adhart leis an obair aca cho fad 's a chithear air adhart.

Bidh a' bhuidhinn a' faighinn subsadaidhean bho Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna. Tha na h-aithrisean ionmhais seo stèidhichte air a' bheachd gun lean na subsadaidhean dhan Bhuidhinn san àm ri teachd.

Mar thoradh air easbaidh pheinneanan IAS19, tha fèicheanasan lom de £35.847m aig a' Bhuidhinn agus tha fèicheanasan lom de £28.380m aig a' Chompanaidh air 31 Màrt 2022. Tha an suidheachadh seo a thaobh fèicheanasan loma mar thoradh air a bhith a' gabhail a-steach fèicheanasan peinnein fad-ùine dhan dhuilleig cothromachaidh agus chan eil e a' sealltainn comas na buidhne no na companaidh cumail a' dol mar ghnìomhachas leantainneach no a bhith a' pàigheadh nam fèicheanasan nuair a tha an t-àm ann am pàigheadh. Mar sin, tha a' Bhuidheann agus a' Chompanaidh air gabhail ri modhan cunntasachd, a tha a' gabhail ris gun cum a' bhuidheann a' dol nuair a tha iad ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail bliadhna aca.

### 2.2. Modh Co-dhaingneachaidh

Is iad na h-aithrisean ionmhais co-dhaingnichte na h-aithrisean ionmhais aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta agus na fo-chompanaidhean aige air 31 Màrt 2022.

Tha fo-chompanaidhean air an làn cho-dhaingneachadh bhon cheann-latha a fhuaradh iad, is e sin an ceann-latha air am faigh a' Bhuidheann smachd, agus cumaidh iad orra a bhith air an co-dhaingneachadh gus an ceann-latha air an sguir an smachd sin.

Tha aithrisean ionmhais nam fo-chompanaidhean air an ullachadh airson an aon àm aithris ris a' chompanaidh phàrantaich, agus a' cleachdadh nan aon phoileasaidhean cunntasachd.

Tha cothromachaidhean, teachd a-steach agus cosgaisean taobh a-staigh na buidhne, agus buannachdan is callaidhean nach deach a thoirt gu buil bho thar-ghnìomhan taobh a-staigh na buidhne air an toirt a-mach gu lèir.

### 2.3. Prìomh Phoileasaidhean Cunntasachd

#### (a) Ag aithneachadh teachd a-steach

Tha teachd-a-steach air aithneachadh a rèir IFRS 15: Teachd-a-steach bho Chùmhnantan le Custamairean agus tha e a' gabhail a-steach suimean a fhuairheadh agus tha rim faighinn a thaobh seirbheisean puirt-adhair a tha air an toirt seachad san RA. Thathar ag aithneachadh teachd-a-steach nuair a tha e coltach gun tig na buannachdan eaconamach dhan Bhuidhinn agus gun urrainnear an teachd-a-steach a thomhas gu h-earbsach. Tha teachd a-steach air a thomhas aig luach cothromach den t-suim a fhuaradh, a' toirt air falbh lasachaidhean, ais-iocan agus cisean reic no cisean cusbainn.

'S e am prìomh shruth teachd a-steach cisean phort-adhair a tha air an aithneachadh oir tha an t-seirbheis cho-cheangailte air a thoirt seachad. A bharrachd air seo, tha teachd-a-steach màl air a chosnadh tro bhith a' toirt seachad togalaichean agus pàirtean de thogalaichean air màl do dhiofar theanantan agus tha e air aithneachadh air stèidh loidhne dhìreach thar ùine a' mhàil. Tha teachd-a-steach, gun a bhith a' gabhail a-steach cis luach-leasaichte, a gheibhear bho liosan phlèanaichean air aithneachadh air stèidh loidhne dhìreach thar ùine an liosa.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## (b) Tabhartasan Riaghaltais

Tha tabhartasan riaghaltais air an aithneachadh nuair a tha dearbhadh reusanta ann gum faighear an tabhartas agus gun leanar na cumhachan ceangailte.

Gheibhear subsadaidhean riaghaltais bho Riaghaltas na h-Alba a rèir Earrann 34 de dh'Achd Itéalachd Catharra Shìobhalta 1982 cho math ri tabhartasan teachd a-steach is calpa eile. Tha tabhartasan an riaghaltais a thaobh caiteachas calpa air an cur gu cunntas teachd-a-steach dhàilichte agus tha iad air an leigeil a-mach dhan Aithris Teachd-a-steach le suimean bliadhna co-ionann thar na beatha cleachdaidh ris a bheil dùil aig na so-mhaoinean buntainneach.

Tha tabhartasan de sheòrsa teachd-a-steach air an cur ris mar theachd-a-steach eile gus am maidseadh leis a' chosgais ris a bheil iad a' buntainn.

## (c) Cisean teachd a-steach

Tha so-mhaoin is fèicheanasan cise làithreach air an tomhas aig an t-sùim a thathar an dùil a gheibhear air ais no a thèid a phàigheadh do na h-ùghdarrasan cise, stèidhichte air irean cise agus laghan a chaidh a chur an gnìomh no a chur an gnìomh gu ìre mhòr ro cheann-latha na duilleig cothromachaidh.

Tha cis teachd-a-steach dhàilichte air a h-aithneachadh air a h-uile eadar-dhealachadh sealach a tha ag èirigh eadar bunaithean cise so-mhaoin is fèicheanasan agus na suimean giùlain aca sna h-aithrisean ionmhais, ach a-mhàin na leanas:

- far a bheil an t-eadar-dhealachadh sealach ag èirigh bho aithneachadh tùsail de goodwill no so-mhaoin no fèicheanas ann an t-àr-ghnìomh nach eil na co-dhaingneachadh gnìomhachais nach bi aig àm an tar-ghnìomh a' toirt buaidh air cunntasachd no prothaid no call air an gabh cisean a phàigheadh;
- a thaobh eadar-dhealachaidhean sealach a thaobh suimean air an gabh cisean a phàigheadh co-cheangailte ri tasgaidhean ann am fo-chompanaidhean agus co-iomairtean, far an urrainnear smachd a chumail air àm ath-thionndadh nan eadar-dhealachaidhean sealach agus far a bheil e coltach nach till na h-eadar-dhealachaidhean sealach san àm ri teachd; agus
- far nach eilear ag aithneachadh so-mhaoinean cis teachd a-steach dàilichte ach chun ìre is gu bheil e coltach gum bi prothaid ann air an gabh cisean a phàigheadh leis an urrainnear na h-eadar-dhealachaidhean sealach, creideasan cise no callaidhean cise a chaidh a ghiùlan air adhart a chleachdadh.

Tha so-mhaoin agus fèicheanasan cis teachd a-steach dàilichte air an tomhas air stèidh neo-lasaichte aig na h-ìrean cise a thathar an dùil a bhios an sàs nuair a thèid an t-so-mhaoin a thoirt gu buil no nuair a thèid am fèicheanas a rèiteach, stèidhichte air irean cise agus laghan cise air an cur an gnìomh no air an cur an gnìomh gu ìre mhòr air ceann-latha na duilleig cothromachaidh.

Tha cisean teachd a-steach air an cur ris, no air an toirt air falbh, gu dìreach bho chothromas ma tha e a' buntainn ri nithean a tha air an cur ri no air an toirt air falbh bho chothromas. Anns gach suidheachadh eile, tha cis teachd a-steach air aithneachadh san Aithris air Teachd a-steach.

## (d) Peinneanan

Bidh a' bhuidheann a' ruith Sgeama Peinnein Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean, sgeama sochairean suidhichte. Tha luchd-obrach Port-adhair Dhùn Dè nam ball den Tayside Superannuation Fund, sgeama sochairean suidhichte eile a tha air a ruith le Comhairle Baile Dhùn Dè. Tha Maoin Superannuation Taobh Tatha na sgeama peinnein ioma-fastaiche. Bidh luchd-fastaidh le fèin-chlàradh a' dol a-steach dhan People's Pension, a tha na sgeama shochairean suidhichte.

Tha cosgais solarachadh nan sochairean fo na planaichean sochairean suidhichte air obrachadh a-mach airson gach plana fa leth a' cleachdadh dòigh nan aonad ro-mheasta, a tha a' buileachadh còir air sochairean chun na h-ùine làithreach (gus cosgais seirbheis làithreach obrachadh a-mach) agus na h-amannan làithreach agus roimhe (gus an luach làithreach de dh'uallachaidhean airson shochairean suidhichte) agus tha e stèidhichte air comhairle bho chlàireach-urrais.

Tha na cosgaisean seirbheis san àm a dh'fhalbh air an aithneachadh mar chosgais air stèidh loidhne dhìreach thar na h-ùine chuibheasach gus am bi na buannachdan air am buileachadh. Ma tha na buannachdan air am buileachadh mar-thà, dìreach às dèidh plana peinnein a thoirt a-steach no atharrachadh, tha cosgaisean seirbheis san àm a dh'fhalbh air an aithneachadh sa bhad.

Tha an eileamaid de riadh ann an cosgais nan sochairean suidhichte a' riochdachadh an atharrachaidh ann an luach làithreach uallaichean an sgeama mar thoradh air an ùine a bhith a' dol seachad, agus tha e air obrachadh a-mach le bhith a' cur na ìre lasachaidh an sàs ann an luach làithreach an uallaich a thaobh sochair, a' toirt aire do dh'atharrachaidhean susbainteach san uallach tron bhliadhna. Tha an riadh air so-mhaoinean a' Phlana stèidhichte air measadh a chaidh a dhèanamh aig toiseach na bliadhna air toraidhean fad-ùine na margaidh air so-mhaoinean an sgeama, air atharrachadh airson na buaidh aig luach cothromach so-mhaoinean a' phlana de thabhartasan a fhuair agus sochairean a chaidh a phàigheadh tron bhliadhna. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an riadh air so-mhaoinean a' phlana agus cosgais an rèidh air dleasan air aithneachadh anns an aithris teachd-a-steach mar theachd-a-steach no cosgais ionmhais eile.

Tha a' Bhuidheann air an roghainn a chur an sàs ann an sochairean luchd-obrach IAS 19 gus buannachdan agus call a rèir clèireach-urrais aithneachadh gu h-iomlan anns an aithris air teachd-a-steach agus cosgais coileanta san ùine sa bheil iad a' tachairt.

Tha an còrrach no easbhaidh ann an sochair suidhichte a' gabhail a-steach luach làithreach an uallaich shochairean suidhichte (a' cleachdadh ìre lasachaidh stèidhichte air bannan corporra àrd-inbhe), a' toirt air falbh cosgaisean seirbheis san am a dh'fhalbh nach deach aithneachadh fhathast agus a' toirt air falbh luach cothromach so-mhaoin a' phlana às an tèid na h-uallachaidhean a phàigheadh.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## (e) Seilbh, uidheam is acfhainn

Tha seilbh, uidheam is acfhainn air a clàradh aig cosgais às aonais isleachadh cruinnichte agus ios-sgrìobhadh cruinnichte. Tha na cosgaisean seo a' gabhail a-steach a bhith ag ùrachadh pàirt den uidheam is acfhainn ma thèid na riaghailtean aithneachaidh a choileanadh. Mar an ceudna, nuair a thèid sgrùdadh mòr a dhèanamh, thèid a chosgais a chomharrachadh ann an luach giùlain airson uidheam is acfhainn mar ni ath-nuadhachaidh ma thèid na riaghailtean aithneachaidh a choileanadh. Tha a h-uile cosgais càraidh is cumail suas eile air an aithneachadh san Aithris Teachd a-steach nuair a dh'èirich iad.

Tha isleachadh luach air a thoirt seachad air a' chosgais, a' toirt air falbh an luach iarmadaich aig an t-seilbh, uidheam is acfhainn uile, ach a-mhàin fearann, air dòigh loidhne-dhireach thairis air a' bheatha fheumail ris a bheil dùil mar a leanas:

Toglaichean le Saor-sheilbheachd	bho 6 bliadhna gu 60 bliadhna
Talamh is toglaichean liosaichte aig a' char as motha.	thairis air a' chòrr de bheatha an liosa suas ri 50 bliadhna
Pàircean-chàraichean	nas sine na 10 bliadhna dh'aois gu 45 bliadhna a dh'aois
Innealan-iùil	nas sine na 5 bliadhna a dh'aois gu 20 bliadhna a dh'aois
Raointean-laighe, apranan agus prìomh-sheirbheisean	bho 3 bliadhna gu 50 bliadhna
Plèanaichean agus Pàirtean do Phlèanaichean	thairis air 25 bliadhna
Carbadan	nas sine na 5 bliadhna a dh'aois gu 10 bliadhna a dh'aois
Carbadan puirt-adhair sònraichte	bho 10 bliadhna gu 20 bliadhna a dh'aois
Uidheam IT is acfhainn	bho 3 bliadhna gu 10 bliadhna
Àrmeis is goireasan oifise	nas sine na 3 bliadhna a dh'aois gu 5 bliadhna a dh'aois

Tha luachan giùlain thogalaichean, uidheam is acfhainn air an ath-sgrùdadh airson ios-sgrìobhadh ma tha tachartasan no atharrachaidhean ann an suidheachaidhean a' comharrachadh gur dòcha nach gabh an luach giùlain fhaighinn air ais, agus tha iad air an sgrìobhadh sìos sa bhad aig an t-sùim a ghabhas faighinn air ais. Bithear ag ath-sgrùdadh beathannan feumail agus luachan iarmadach gach bliadhna agus far a bheil atharrachaidhean a dhith, thèid an cur ann airson an àm ri teachd.

Tha eileamaid de sheilbh, acfhainn no uidheamachd air a di-aithneachadh nuair a gheibhear cuidhteas i no far nach eilear an dùil gun èirich buannachdan eaconamach sam bith bho bhith a' leantainn air adhart a' cleachdadh na so-mhaoin. Tha buannachd no call sam bith a tha ag èirigh mar thoradh air di-aithneachadh na so-mhaoin air a ghabhail a-steach san Aithris Teachd a-steach anns an ùine dhi-aithneachadh.

Tha soitheach-adhair air an clàradh aig cosgais, le isleachadh càrte air a thoirt air falbh. Tha cosgaisean a' gabhail a-steach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an soitheach-adhair ann an staid far am bi e freagarrach gus cleachdadh.

## (f) Co-aonachadh Ghniomhachasan

Thathas a' clàradh faighinn fho-chompanaidhean fo IFRS 3 Co-aonachadh Ghniomhachasan a' cleachdadh na dòigh ceannach. Tha cosgais a bhith a' faighinn na fo-chompanaidh air a thomhas aig luach cothromach nan so-mhaoinean a fhuaradh, na h-earrannan a chaidh fhoillseachadh agus na fèicheanasan a fhuairleadh air latha an tar-ghluasad cho math ri cosgaisean a bha mar thoradh dìreach air a bhith ga cheannach. Tha so-mhaoinean aithnichte a fhuairleadh, fèicheanasan agus fèicheanas a dh'fhaodadh a bhith ann, a fhuaras ann an co-aonachadh gnìomhachais air an tomhas an toiseach aig luach cothromach aig ceann-latha na ceannachd ge b' e de an ìre de dh'ùidh bheag-chuid a th' ann.

## (g) Tasgaidhean ann an co-iomairtean

Thathar a' dèiligeadh ri buidhnean anns a bheil ùidh aig a' Bhuidhinn san fhad-ùine agus a tha fo smachd na Buidhne agus aon no barrachd luchd-iomairt eile fo rèiteachadh cùmhnant mar cho-iomairtean. Tha a' bhuidheann a' comharrachadh a h-ùidh ann an co-iomairtean tron dòigh-obrach cothromais. Bidh a' Bhuidheann a' foillseachadh a roinn iomlan den phrothaid no call aig co-iomairtean air aghaidh an Aithris Teachd a-steach agus tha na tasgaidhean air an comharrachadh mar sho-mhaoinean neo-làithreach air aghaidh na Duilleig Cothromachaidh.

## (h) Tasgaidhean ann an seilbh

Tha tasgaidhean ann an seilbh air am meas air cosgais aig an toiseach, a' gabhail a-steach cosgaisean tar-ghniomhan. Às dèidh aithneachadh toiseachail, tha tasgaidhean ann an seilbh air an aithris aig na luachan cothroman, a tha a rèir suidheachadh na margaidh air latha na duilleig cothromachaidh. Tha buannachdan no call a thig bho atharrachaidhean ann an luach cothromach tasgaidhean ann an seilbh air an gabhail a-steach san Aithris Teachd-a-steach anns a' bhliadhna anns an èirich iad.

Tha tasgaidhean ann an seilbh air an di-aithneachadh nuair a fhuaradh cuidhteas iad no nuair a tha an tasgadh ann an seilbh air a thoirt a-mach à cleachdadh gu maireannach agus chan eil dùil ri buannachd eaconamach sam bith eile bho bhith faighinn cuidhteas e. Tha an t-eadar-dhealachadh eadar an toradh cuidhteas lom agus sùim giùlain na so-mhaoin air aithneachadh anns an Aithris Teachd-a-steach anns an ùine san do thachair an di-aithneachadh.

Tha tar-ghluasadan air an dèanamh gu no bho thasgaidhean ann an seilbh dìreach nuair a tha atharrachadh ann an cleachdadh ann. Airson gluasadan bho sheilbh a tha na sho-mhaoin tasgaidh gu seilbh sealbhadair-còmhnaidh, is e a' chosgais mheasta airson cunntasachd às dèidh sin an luach cothromach aig ceann-latha an atharrachaidh cleachdaidh. Ma thèid seilbh sealbhadair-còmhnaidh gu bhith na sheilbh tasgaidh, bidh a' Bhuidheann a' toirt cunntas air an togalach sin a rèir a' phoileasaidh a chaidh ainmeachadh fo sheilbh, uidheam acfhainn suas gu ceann-latha an atharrachadh cleachdaidh.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## (i) So-mhaoinean Neo-shusbainteach

Bithear a' tomhas sho-mhaoinean neo-shusbainteach a gheibhear air leth aig cosgais an toiseach. Bithear a' tomhas sho-mhaoinean neo-shusbainteach a gheibhear ann an co-aonachadh gnìomhachasan an toiseach aig cosgais mar na luachan cothromach aca aig ceann-latha an tar-ghluasaid. Às dèidh aithneachadh tùsail, thèid so-mhaoinean neo-shusbainteach a ghiùlan aig cosgais a' toirt air falbh luach-chrionadh cruinnichte agus ios-sgrìobhadh cruinnichte. Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach air an luach-chrionadh thairis air a' bheatha eaconamach fheumail chrìochnach aca.

Tha na beathannan cleachdaidh aig so-mhaoinean neo-shusbainteach air am meas an dàrna cuid crìochnach no neo-chrìochnach.

Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach le beatha chrìochnach air an luachachadh thar na beatha eaconamaich fheumail aca agus tha iad air am measadh airson ios-sgrìobhadh gach turas a tha comharra ann gum faodadh ios-sgrìobhadh a bhith air an t-so-mhaoinean neo-shusbainteach. Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air dòigh agus àm luach-chrionaidh airson so-mhaoinean neo-shusbainteach le beatha fheumail chrìochnach co-dhiù aig gach deireadh bliadhna ionmhais. Thathar a' toirt cunntas air atharrachaidhean anns a' bheatha fheumail ris a bheil dùil no air a' phàtran caitheamh ris a bheil dùil de bhuanachdan eaconamach san àm ri teachd le bhith ag atharrachadh na h-ùine no dòigh luach-chrionaidh, mar a bhios iomchaidh, agus bithear a' làimhseachadh seo mar atharrachaidhean anns na tuairmsean cunntasachd. Tha a' chosgais luach-chrionaidh air so-mhaoinean neo-shusbainteach le beatha chrìochnaich air comharrachadh anns an Aithris Teachd-a-steach anns an roinn chosgaisean a tha a rèir foincean na so-mhaoinean neo-shusbainteach.

## (l) Ìos-sgrìobhadh air so-mhaoinean neo-ionmhasail

Chaidh tòrr de na so-mhaoinean neo-ionmhasail aig a' bhuidhinn, a' gabhail a-steach goodwill, a mhaoineachadh 100% le tabhartasan. A rèir IAS 36 ios-sgrìobhadh so-mhaoinean, tha tabhartas a tha air aithneachadh mar theachd a-steach dhàilichte a tha a' buntainn ri so-mhaoinean neo-ionmhasail air a thoirt air falbh bho shuim giùlain na so-mhaoinean airson adhbharan deuchainn ios-sgrìobhaidh airson na so-mhaoinean sin. Mar sin, chan eil feum air deuchainn ios-sgrìobhaidh air so-mhaoinean neo-ionmhasail, far a bheil na so-mhaoinean sin air am maoineachadh le tabhartasan.

Airson nan so-mhaoinean nach deach a mhaoineachadh gu h-iomlan tro thabhartasan, tha a' Bhuidheann a' measadh a bheil comharran ios-sgrìobhaidh ann aig gach ceann-latha aithris. Bithear a' dèanamh deuchainn ios-sgrìobhaidh air so-mhaoinean nuair a tha comharran ann gur dòcha nach fhaighear na suimean giùlain air ais. Is e an t-suim a ghabhas faighinn air ais bho sho-mhaoinean no aonad gineadh airgid am figear as àirde de na leanas: a luach cothromach gun na cosgaisean airson a reic, agus a luach ann an cleachdadh.

Nuair a thèid àireamhachadh luach cleachdaidh a dhèanamh, feumaidh na stiùirichean tuairmse a dhèanamh air na sruthan airgid ris am biodh dùil bhon t-so-mhaoinean no aonad gineadh airgid agus feumaidh iad ire lasachaidh iomchaidh a thaghadh gus luach làithreach nan sruthan airgid sin obrachadh a-mach.

Tha measadh air a dhèanamh aig gach ceann-latha aithris a thaobh a bheil comharra sam bith ann gur dòcha nach eil call ios-sgrìobhaidh a bha aithnichte roimhe fhathast ann, no gu bheil e air lughdachadh. Ma tha an leithid de chomharradh ann ni a' Bhuidheann tuairmse air an t-suim a ghabhas faighinn air ais bhon mhaoin no bhon aonad gineadh airgid. Chan eilear ag ath-thilleadh call ios-sgrìobhaidh a bh' ann roimhe ach a-mhàin ma tha atharrachadh air a bhith anns na beachdan a chaidh a chleachdadh gus an t-suim a gheibhear air ais bhon t-so-mhaoinean obrachadh a-mach bho chaidh an call ios-sgrìobhaidh mu dheireadh aithneachadh. Tha an t-ath-thilleadh cuibhrichte gus nach bi suim giùlain na so-mhaoinean nas àirde na an t-suim a ghabhas faighinn air ais, no nas àirde na an t-suim giùlain a bhiodh air a dhearbhadh, lom bho isleachadh, mura robh call ios-sgrìobhadh sam bith air a bhith air aithneachadh airson na so-mhaoinean ann an amannan aithris roimhe.

## (k) Airgead agus tasgaidhean sealach

Tha airgead agus tasgaidhean sealach a' gabhail a-steach airgead sa bhanca agus airgead ri làimh.

## (l) Ullachaidhean

Tha ullachadh air aithneachadh nuair a tha uallach laghail no saor-thoileach aig a' Bhuidhinn mar thoradh air tachartas san àm a dh'fhalbh, far a bheil e coltach gum bi feum air às-sruthadh de bhuanachdan eaconamach gus an dleastanas a rèiteachadh agus far am faodar tuairmse earbsach a dhèanamh air meud an uallaich. Ma tha a' bhuidheann shusbainteach, tha sruthan airgid ris a bheil dùil san àm ri teachd air an lasachadh le bhith a' cleachdadh ire ro-chìsean làithreach a tha a rèir, far a bheil sin iomchaidh, na cunnartan a tha sònraichte dhan uallach sin.

## (m) Clàran-seilbhe

Tha clàran-seilbhe air an aithris aig a' chosgais as isle eadar cosgais agus luach lom ri fhaighinn.

Tha an luach lom a ghabhas a choileanadh stèidhichte air pris reic tuairmseach, a' toirt air falbh cosgaisean sam bith eile a thathar an dùil a bhios ann ro chrìochnachadh no cuidhteas.



# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## (n) Malairt is nithean eile a gheibhear

Tha nithean malairt a gheibhear, aig a bheil teirmichean creideis 30 latha, mar as trice air an aithneachadh agus air an giùlan aig an luach as isle – an luach fàirdeil thùsail no an t-suim a ghabhas fhaighinn air ais. Far a bheil luach-ama an airgid buntainneach, bithear a' giùlan nithean a tha rim faighinn aig cosgais le luach-chronadh. Tha ullachaidhean gan dèanamh nuair a tha fianais neo-chlaon ann nach tèid aig a' Bhuidheann air suimean fhaighinn air ais gu h-iomlan. Tha cothromachaidhean air an sgrìobhadh dheth nuair a thathar a' meas gu bheil e gu math mì-choltach gum faighear an t-airgead air ais.

## (o) So-mhaoinean ionmhasail

So-mhaoinean ionmhasail, taobh a-staigh sgòp Ionnsramaidean Ionmhasail IAS 39: Tha Aithneachadh agus Tomhas, air an aithneachadh nuair a thig a' Bhuidheann gu bhith na pàrtaidh anns na cùmhnantan a dh'adhbharaicheas iad agus nuair a tha air an comharrachadh mar sho-mhaoinean ionmhasail aig luach cothromach tro phrothaid no call, iasadan agus nithean eile a gheibhear, tasgaidhean air an cumail gu abachadh no so-mhaoinean ionmhais ri fhaighinn airson a reic mar a bhios iomchaidh. Bidh a' Bhuidheann a' co-dhùnadh mar a thèid na so-mhaoinean ionmhasail aice a chomharrachadh nuair a thèid an aithneachadh an toiseach agus, far a bheil e ceadaichte agus iomchaidh, ni i measadh air a' chomharrachadh seo aig deireadh gach bliadhna ionmhais.

Nuair a dh'aithnichear so-mhaoinean ionmhasail an toiseach, tha iad air an tomhas aig luach cothromach: 's e sin pris an tar-ghnìomh agus, airson so-mhaoinean ionmhasail nach eil aig luach cothromach tro phrothaid no call, cosgaisean tar-ghnìomh dìreach.

Bidh a' Bhuidheann a' co-dhùnadh a bheil tàilleabhan leabaichte ann an cùmhnant nuair a ghabhas a' bhuidheann ris a' chùmhnant an toiseach. Tha na tàilleabhain air an eadar-dhealachadh bhon cùmhnant anns a bheil iad mur eil iad air an tomhas aig luach cothromach tro phrothaid is call agus nuair nach eil na feartan agus riosgan eaconamach dlùth-cheangailte ris an fheadhainn anns a' chùmhnant anns a bheil iad. Cha tèid ath-mheasadh a dhèanamh ach ma tha atharrachadh ann an cumhachan a' chùmhnant a dh'atharraicheas gu mòr na sruthan airgid a bhiodh a dhith air dhòigh eile.

Thathar ag aithneachadh ceannach no reic so-mhaoinean ionmhasail far am feumar so-mhaoinean a

libhrigeadh taobh a-staigh ùine a chaidh a stèidheachadh le riaghailt no cleachdadh sa mhargaidh (dòigh malairt chunbhalach) air ceann-latha an tar-ghnìomh, mar an ceann-latha a bhios a' Bhuidheann a' gealltainn an t-so-mhaoinean a cheannach no a reic.

Tha mar a thèid so-mhaoinean ionmhasail a mheas an uair sin a' crochadh air mar a thèid an seòrsachadh. Chan eil so-mhaoinean ionmhasail aig a' Bhuidheann aig luach cothromach tro phrothaid no call, no tasgadh sam bith aig ìre abaich. Tha nithean malairt a gheibhear aig a' Bhuidhinn agus tha a' Bhuidheann air iasad fad-ùine a thoirt do Phàirce Gnìomhachais Port Adhair Inbhir Nis Earranta (IABP), companaidh air a bheil fo-smachd aice. Tha seo na sho-mhaoinean ionmhasail agus tha e air a chlàradh fo lasadan agus nithean eile a gheibhear.

## lasadan agus nithean eile a gheibhear

Tha iasadan agus nithean eile a gheibhear nan so-mhaoinean ionmhasail nach eil nan tàilleabhain aig a bheil pàighidhean suidhichte no a ghabhas obrachadh a-mach nach eil air an liostadh ann am margadh gnìomhach, nach eil gam meas mar sho-mhaoinean malairt, agus nach deach a chomharrachadh an dàrna cuid mar luach cothromach tro phrothaid is call no "ri fhaighinn airson reic". Tha so-mhaoinean mar seo air an giùlan aig cosgais luach-chronante a' cleachdadh dòigh na h-ìre rèidh èifeachdaich (EIR) ma tha luach-ama an airgid susbainteach. Thathar ag aithneachadh bhuanachdan agus challaidhean nuair a thèid na h-iasadan agus nithean a gheibhear a dhi-aithneachadh no ios-sgrìobhadh, cho math ri pròiseas am luach-chronaidh.

## (p) Ath-sgrùdadh air ios-sgrìobhadh so-mhaoinean ionmhasail

Bidh a' Bhuidheann a' meas air ceann-latha gach duilleag cothromachaidh a bheil so-mhaoinean ionmhasail no buidhnean de sho-mhaoinean ionmhasail air ios-sgrìobhadh. Tha nithean malairt a gheibhear agus iasadan rim faighinn san ùine ghoirid aig a' Bhuidhinn. Bithear a' sgrùdadh nan so-mhaoinean airson ios-sgrìobhadh mar a leanas:

**So-mhaoinean air an giùlan aig cosgaisean le luach-chronadh** A thaobh nithean malairt a gheibhear agus iasadan rim faighinn sa ghearr-ùine, tha ullachadh ann airson ios-sgrìobhadh nuair a tha fianais reusanta ann (leithid briseadh creideis no duilgheadasan ionmhais mòra an neach-fiach) nach bi e comasach dhan Bhuidhinn na suimean gu lèir fhaighinn air ais a bha rim pàigheadh fo chumhachan tùsail an fhàirdeil. Tha suim giùlain an nì a gheibhear a' lùghdachadh tro bhith a' cleachdadh cunntas cuibhrinn. Tha fiachan ios-sgrìobhte air an di-aithneachadh nuair a thathar a' meas nach faighear air ais iad.

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 2.4. Breithneachaidhean agus adhbharan mi-chinnt ann an tuairmsean

Gus aithrisean ionmhais co-dhaingnichte na Buidhne ullachadh, feumaidh stiùirichean breithneachaidhean, tuairmsean agus ro-bheachdan a dhèanamh a bheir buaidh air na suimean teachd-a-steach, cosgaisean, so-mhaoinean is fèicheanasan a thèid aithris, agus air foillseachadh nam fèicheanasan a dh'fhaodadh a bhith ann, aig a' cheann-latha aithris. Ach, leis gur e tuairmse a th' ann, dh'fhaodte gum bi na toraidhean an da-rirebh eadar-dhealaichte bho na tuairmsean seo.

Thug na breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a' bhuidhne a bu mhotha air suimean a chaidh aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhais co-dhaingnichte:

### Ath-luachadh nan tasgaidhean ann an seilbh

Bidh a' Bhuidheann a' giùlan a thasgaidhean ann an seilbh aig luach cothromach, le atharrachaidhean air luach-chothromach air an aithneachadh anns an Aithris air Teachd a-Steach. Dh'fhastaich a' bhuidheann eòlaichean luachaidh neo-eisimeileach gus an luach cothromach air 31 Màirt 2022 obrachadh a-mach. Airson nan tasgaidhean ann an seilbh, chleachd an

neach-luachaidh dòigh luachaidh stèidhichte air modal sruth-airgid lasaichte atharraichte oir tha dìth dàta margaidh coimeasach ann mar thoradh air nàdar nan togalaichean.

Tha luach cothromach dearbhte nan tasgaidhean ann an seilbh gu math freagairteach dhan toradh tuairmseach. Tha barrachd mineachaidh air na prìomh bheachdan a chaidh a chleachdadh gus luach chothroman nan tasgaidhean ann an seilbh obrachadh a-mach ann an nòta 11.

### Sgeamaichean peinnsein shochairan suidhichte

Tha cosgais nan sgeamaichean peinnsein shochairan suidhichte air obrachadh a-mach le luachadh le clèireach urrais. Bha na luachaidhean clèirich-urrais a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh bharailean mu irean lasachaidh, irean toraidh ris a bheil dùil bho sho-mhaoinean, àrdachadh tuarastail san àm ri teachd, irean bàsmhorachd agus àrdachadh peinnsein san àm ri teachd. Air sgàth iom-fhillteachd an luachaidh, na barailean bunaiteach agus nàdar fad-ùine nam planaichean sin, tha tuairmsean mar sin fo ùmhachd mi-chinnt mòr. Tha fiosrachadh a bharrachd ann an nòta 21.

## 2.5. Atharrachaidhean ann am poileasaidhean agus foillseachaidhean cunntasachd – inbhean agus mineachaidhean ùra agus atharraichte

Tha na h-inbhean agus na mineachaidhean a leanas riatanach airson a' chiad uair airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022 ach chan eil iad buntainneach no chan eil buaidh shusbainteach aca air aithrisean ionmhasail na buidhne;

Tìotal	Buileachadh	Buaidh air a' Bhuidhinn
Lasachaidhean Mòl Co-cheangailte COVID-19 (Atharrachadh do IFRS 16)	Bliadhna, a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Ògmhios 2020	Chan eil buaidh shusbainteach sam bith ri air na h-aithrisean ionmhasail.
Atharrachadh air Slatan-tomhais Ìre an Rèidh - Ìre 2 (Atharrachaidhean air IFRS9, IAS 39 agus IFRS 7, IFRS 4 agus IFRS 16)	Chan eil buaidh shusbainteach sam bith air na h-aithrisean ionmhasail.	Bliadhna, a' tòiseachadh air no às dèidh 1 Ògmhios 2020

# Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

## 2.6. Atharrachaidhean ann am poileasaidhean agus foillseachaidhean cunntasachd – inbhean a chaidh fhoillseachadh ach nach eil an gnìomh fhathast

Tha na h-inbhean agus mineachaidhean a chaidh fhoillseachadh, ach nach eil an gnìomh fhathast, suas ri ceann-latha foillseachaidh aithrisean ionmhais na buidhne air am foillseachadh gu h-ìosal. Tha a' Bhuidheann an dùil gabhail ris na h-inbhean aca, ma tha iad buntainneach, nuair a thèid an cur an sàs.

Tìotal	Buileachadh	Buaidh air a' Bhuidhinn
Cùmhnantan Troma, cosgais de bhith a' coileanadh cùmhnant (Atharrachadh gu IAS 37)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2022	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
Leasachaidhean bliadhnaile do dh'inbhean ann an cuairt IFRS 2018 - 2020	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2022	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
Seilbh, Uidheam is Acfhainn Teachd a-steach ron Chleachdadh ris a bheil dùil (Atharrachaidhean air IAS 16)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2022	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
Atharrachaidhean do dh'ìomraidhean air an Fhrèama Bhun-bheachdail (Atharrachaidhean air IFRS 3)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2022	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
A' comharrachadh Fèicheanasan mar Làithreach no Neo-làithreach (Atharrachaidhean air IAS 1)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2023*	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
IFRS 17 Cùmhnantan Àrachais agus Atharrachaidhean air Cùmhnantan Àrachais IFRS 17	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2023*	Chan eil am Bòrd an dùil gum bi buaidh sam bith aig seo air na h-aithrisean ionmhasail.
A' foillseachadh Poileasaidhean Cunntasachd (Atharrachaidhean air IAS 1 agus Aithris Cleachdaidh IFRS 2)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2023*	Thèid làn mheasadh buaidh a dhèanamh an ceann ùine.
Mineachadh air Measadh Cunntasachd (Atharrachaidhean air IAS 8)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2023*	Thèid làn mheasadh buaidh a dhèanamh an ceann ùine.
Cis air a chur dheth co-cheangailte ri maoin is fiachan ag èirigh bho Ghnothach Singilte (Atharraichean air cisean teachd-a-steach IAS16)	Bidh seo an sàs bho 1 Faoilleach 2023*	Thèid làn mheasadh buaidh a dhèanamh an ceann ùine.

